

aitheisgnail bhliaodhail

annual report 2008/09

BÒRD NA
GÀIDHLIG



CONTENTS

Chairman's Intro	4
Development	8
Gaelic Signs	10
Arts & Culture	10
Youth	12
The Gaelic Rings	14
Development Highlights	16
Education and Learning	20
Sickness Absence	70
Supplier Payment Policy	70
Financial Targets	70
European Monetary Union	71
Appointment of Auditors	71
Disclosure of Information to Auditors	71
Corporate Governance Matters	71
Conflicts of Interest Procedures	71
Bòrd Members	72
Management Team	74
Bòrd Committees	74
Remuneration Report	75
Statement of Accountable Officer's Responsibilities	77
Statement on Internal Control	78
Independent Auditor's Report	80
Operating Cost Statement	82
Balance Sheet	83
Cash Flow Statement	84
Notes to the Accounts	85
Accounts Direction	101

CLÀR-INNSE

Chairman's Intro	5
Leasachadh	9
Soidhnichean Gaidhlig	11
Ealain & Cultar	11
Òigridh	13
Cearcaill na Gàidhlig	15
Prìomh Phuingean Leasachaidh	17
Foghlam agus Ionnsachadh	21
Às-làthaireachd Tinneis	34
Poileasaidh Pàigheadh Sholaraidhean	34
Targaidean Ionmhasail	34
Aonadh Airgid na h-Eòrpa	35
Fastadh Luchd-sgrùdaidh	35
Foillseachadh Fiosrachaidh do Sgrùdairean	35
Cùisean Riaghlaidh Corporra	35
Modhan Strì eadar Com-pàirtean	35
Buill a' Bhùird	36
An Sgioba Stiùiridh	38
Comataidhean a' Bhùird	38
Aithisg Tuarastail	39
Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail	41
Aithris air In-smachd	42
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeileach	43
Aithris Cosgais Obrachaidh	46
Cunntas Cothromachaidh	47
Aithris an t-Sruth Airgid	48
Fiosrachadh mu na Cunntasan	49
Stiùireadh Chunntasan	65



Chairman's Intro

I am pleased to present you with Bòrd na Gàidhlig's Annual Report for the financial year 2008-09.

Over the year, we continued to deliver the recommendations contained in the National Plan for Gaelic and worked on improving relationships between the Bòrd and other Gaelic organisations to ensure that we all share the same aspirations for the good of Gaelic. We agreed on three-year funding for the Gaelic organisations and a reduction in the number of reports which they would require to prepare for the Bòrd, in order to allow them to carry out their work.

I realise that some people are tired of hearing about plans. But the National Plan for Gaelic is important. Perhaps it does not contain everything that one would wish; perhaps it is not without its flaws. But the Gaels put this plan together, with the backing of the law and with the agreement and good wishes of Government Ministers, for the first time ever. It gives us many opportunities, if we are prepared to take up those opportunities!

The plans of the public organisations are just as important, and it is through them that pledges relating to Gaelic from the various bodies will become a reality.

We approved Gaelic Plans from public organisations that will deliver the National Plan in collaboration with ourselves, and the Bòrd provided funding support worth £1.4m towards some projects within those plans, to encourage their implementation. We were pleased to welcome the Scottish Government's draft

plan at the beginning of 2009 and feel that other public bodies will take a lead from the government when it comes to developing their own plans.

But it is the delivery and output of any plan that is important and we are already seeing matters moving forward as a result of them.

For instance, we are aware of research carried out by Comhairle nan Eilean Siar which reveals that there are at least seven areas where a majority of parents have expressed a wish their local school to be an all-Gaelic school. We welcomed Highland Council's commitment to build two Gaelic schools, one in Fort William and one in Portree. Important steps forward as a result of Gaelic plans.

We welcomed BBC Alba, the Gaelic digital channel, which started in September 2008. We have also been lending support to the campaign to have the channel carried on Freeview, so that many more people will see the programmes and will have the opportunity to engage with our valuable language.

We agreed contracts for research projects for the first time ever; we agreed to a National Gaelic Arts Strategy; and we gave extra funding support for creative writing in Gaelic.

There was an increase in the number of adults who were learning Gaelic through courses such as Ùlpan, and it was encouraging that there was yet another increase in the numbers of pupils going through Gaelic-medium Education. It is pleasing that there is such an enormous amount of support from the public for the revitalisation of the Gaelic language. We would certainly wish to make use of that goodwill. But I am aware that there are some people in the communities who use Gaelic naturally as their everyday language, who feel left out of this revival.

We had a very successful conference in Lewis in order to look at ways in which Gaelic could be strengthened at community level, and as a mark of the importance Bòrd na Gàidhlig attaches to many voluntary groups in different communities we established a new fund, Taic Freumhan Coimhearsnachd, to lend support to them and the good work in which they are involved. A tentative beginning, with the certainty that much more could be done, and as a result of our discussions Comunn na Gàidhlig established a number of community Gaelic Initiatives - Iomairtean Gàidhlig - in different localities with funding support from Bòrd na Gàidhlig.

Tha mi toilichte Aithisg Bhladhna Bhòrd na Gàidhlig a chur mur coinneamh airson na bliadhna ionmhais 2008-09.

Chùm sinn oirnn a' libhrigeadh nan gnìomhan a tha sa Phlana Nàiseanta agus thog sinn an càirdeas eadar am Bòrd agus na buidhnean Gàidhlig eile airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn uile ag amas air an aon cheann-uidhe gu maith na Gàidhlig. Dh'aontaich sinn maoin do na buidhnean Gàidhlig airson suas ri trì bliadhna agus lùghdachadh anns an uiread de dh'aithisgean a bhiodh aca ri dheasachadh dhan Bhòrd aig an àm, airson leigeil leotha an obair aca a dhèanamh.

Tha mi ag aithneachadh gu bheil cuid de dhaoine sgìth a' cluinntinn mu phlanaichean. Ach tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig cudromach. 'S dòcha nach eil a h-uile càil ann a bu mhiann le daoine fhaicinn; 's dòcha nach eil e gun mheang. Ach chuir na Gàidheil am plana seo ri chèile, leis an lagh air a chùl agus le beannachd agus aonta bho Mhinistearan an Riaghaltas airson a' chiad uair a-riamh. Tha e a' toirt dhuinn iomadh cothrom, ma bhios sinn deiseil, agus am miann againn na cothroman a ghabhail!

Tha na planaichean aig buidhnean poblach a cheart cho cudromach agus 's ann tromhpa a bhios geallaidhean bho na diofar bhuidhnean a thaobh na Gàidhlig a' tighinn.

Dh'aontaich sinn na planaichean Gàidhlig aig buidhnean poblach a bhios a' libhrigeadh a' Phlana Nàiseanta ann an co-bhanntachd rinn, agus thug am Bòrd taic-airgid luach (£1.4m) do chuid de na pròiseactan a tha annta mar thoiseach tòiseachaidh air an cur an gnìomh. Bha sinn toilichte fàilte a chur air dreach plana Riaghaltas na h-Alba aig toiseach 2009 agus tha sinn am beachd gun gabh buidhnean poblach eile stiùir bhon riaghaltas ann a bhith a' dealbhadh nam planaichean aca fhèin.

Ach 's e toraidhean plana sam bith a tha cudromach agus tha sinn mar-thà a' faicinn nithean a' gluasad ri an linn.

Bha sinn mothachail, mar eisimpleir, air rannsachadh a chaidh a dhèanamh le Comhairle nan Eilean Siar a tha a' sealltainn gu bheil co-dhiù seachd sgìrean far a bheil e soilleir gu bheil pàrantan airson 's gum bi an sgoil acasan na sgoil Ghàidhlig.

Chuir sinn fàilte air an aonta bho Chomhairle na Gàidhealtachd ri dà sgoil Ghàidhlig a thogail, tè anns a' Ghearasdan agus tè ann am Port Rìgh. Ceumannan cudromach air adhart agus planaichean Gàidhlig gan adhbhrachadh.

Chuir sinn fàilte air BBC Alba, sianal didseatach na Gàidhlig, a thòisich san t-Sultain 2008. Ged a chuir, tha sinn air a bhith a' cumail taic ris an iomairt airson fhaighinn air Freeview gus am faic fad a bharrachd dhaoine na prògraman agus airson cothrom a thoirt dhaibh a dhol an sàs sa chànan luachmhor a th' againn.

Chuir sinn a-mach cùmhnantan a thaobh pròiseactan rannsachaidh airson a' chiad uair; dh'aontaich sinn ri Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig; agus thug sinn taic-airgid a bharrachd do sgrìobhadh cruthachail sa Ghàidhlig.

Chaidh àireamh de dh'ìnbhich a bha ag ionnsachadh na Gàidhlig tro chùrsaichean leithid Ùlpan a mheadachadh, agus bha e misneachail gun robh àrdachadh a-rithist anns na h-àireamhan de sgoilearan a tha a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha e dha-rìribh misneachail gu bheil uimhir de thaic ann bhon phoball airson ath-nuadhachadh na Gàidhlig. Bhitheamaid airson feum a dhèanamh den deagh rùn a tha sin gun teagamh. Ach tha mi mothachail gu bheil cuid de dhaoine anns na coimhearsnachdan, a tha a' cleachdadh na Gàidhlig gu nàdarra agus gu làitheil, a' faireachdainn gu bheil iad air an trèigsinn san ath-nuadhachadh a tha seo.

Bha co-labhairt shoirbheachail againn ann an Leòdhas airson sùil a thoirt air na dòighean anns an gabhadh a' Ghàidhlig a neartachadh aig ìre nan coimhearsnachdan, agus mar thoradh air an deagh rùn a th' aig Bòrd na Gàidhlig dhan iomadh buidheann saor-thoileach a tha ag obair sna coimhearsnachdan aca fhèin, stèidhich sinn stòras ùr, Taic Freumhan Coimhearsnachd, airson taic a chumail riutha agus an deagh obair anns a bheil iad an sàs. Toiseach tòiseachaidh, le fios gun gabhadh fada a bharrachd a dhèanamh, agus mar thoradh air na còmhraidhean a bh' againn chaidh Iomairtean Gàidhlig a stèidheachadh le Comann na Gàidhlig, le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig.



At Bòrd level, we held two strategy days to consider the way forward and to embed language planning principles in all the Bòrd's activities.

Although I was in the post of Interim Chair throughout the second half of last year, I was pleased to accept the position for the next four years from the beginning of March this year. I am grateful to the members for their support and for the amount of work in which they are involved outwith the formal meetings of the Bòrd.

I would like to thank the Bòrd staff team, and especially Rosemary Ward, who took on the responsibility of Interim Chief Executive from August 2008 onwards.

We worked closely with the Scottish Government and with two Ministers during the period of this report, Linda Fabiani and Michael Russell, and I am greatly indebted to the two of them for their continued support to the Bòrd. We are also indebted to the government for the extra support they gave to Gaelic, announced by the First Minister, Alex Salmond, at the National Mòd in Falkirk, particularly the capital fund established in order to build standalone Gaelic schools.

The Ministers agreed an extra term for members who had served on the Bòrd for three years - Alasdair MacLeod, John Angus MacKay and Annie MacSween - and I am pleased that they accepted this offer at a time which is very important for the Bòrd. Although Faye MacLeod was not in a position to take up a second term, we are very grateful to her for all that she did for the Bòrd in her three years with us.

We received approval for re-structuring Bòrd na Gàidhlig, and we shall see the fruits of that with a

strengthened team, to ensure that the Bòrd is able to carry out an increasing workload in a manner which is inspiring, open, supportive and effective.

In the year ahead, Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government will be heavily involved in a new initiative to increase the number of Gaelic speakers. This initiative is at the heart of the National Plan and the Gaelic Act and we should look upon it as an opportunity. We must find ways to make speaking Gaelic fashionable. It is as simple as that in a way, and at the end of the day it is not a plan or a strategy that will make the greatest difference, but people speaking Gaelic confidently and in all situations.

There are lots of courses already in place which offer the opportunity and make it easier for people to learn Gaelic. But people need a reason to learn any language and they need to have the desire and the opportunity to speak it. People have many different reasons for learning Gaelic - some in order to secure a job; some who wish to acquire another language as a pastime; some who have children going through Gaelic-medium education and wish to support them; some who wish to gain a better knowledge of Scottish place-names; and some who want a better understanding of the words of the songs they sing at the Mòd!

It was Nelson Mandela who said: "If you talk to a man in a language he understands, that goes to his head. If you talk to him in his language, that goes to his heart." I believe strongly in this philosophy, and I also believe that we will lose a great deal if we lose the Gaelic language. But if Gaelic is in our hearts, and if we are willing to use it in all circumstances and especially willing to play our part in giving it to the next generation, there is every reason to be hopeful for the future.

Arthur Cormack
Cathraiche

Aig ìre a' Bhùird, chùm sinn dà latha ro-innleachdail airson beachdachadh air an t-slighe air adhart agus airson tòiseachadh air prionnsapalan planadh cànan fhighe a-steach do gach rud anns am bi am Bòrd an sàs.

Ged a bha mi san dreuchd mar Chathraiche Eadar-amail tron dàrna pàirt den bhliadhna a dh'fhalbh, bha e na thoileachas dhomh gabhail ris an dreuchd airson ceithir bliadhna eile bho thoiseach a' Mhàirt am-bliadhna. Tha mi taingeil dha na buill airson an cuid taic agus an obair mhòr anns a bheil iad an sàs taobh a-muigh choinneamhan foirmeil a' Bhùird.

Bu mhiann leam taing a thoirt dhan sgioba luchd-obrach a th' aig a' Bhòrd agus gu sònraichte do Rosemary Nic a' Bhàird a ghabh uallach mar Cheannard an Gnìomh bhon Lùnastal air adhart.

Dh'obraich sinn gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba agus leis an dithis Mhinistear a bh' againn rè na h-ùine sin, Linda Fabiani agus Micheal Ruiseal, agus tha mi gu mòr an comain nan dithis aca airson na taic a chùm iad ris a' Bhòrd. Bha sinn cuideachd an comain an Riaghltas airson na taic a bharrachd a thug iad dhan Ghàidhlig, air ainmeachadh leis a' Phrìomh Mhinistear, Ailig Salmond, aig Mòd Nàiseanta na h-Eaglaise Brice, gu sònraichte an stòras airgid calpa a chaidh a stèidheachadh airson sgoiltean Gàidhlig fa leth a thogail.

Dh'aontaich Ministearan teirm eile a thoirt do bhuill a bha air trì bliadhna a chur seachad air a' Bhòrd – Alasdair MacLeòid, Iain Aonghas MacAoidh agus Anna NicSuain agus tha mi toilichte gun do ghabh iad ris an tairgse seo aig àm a tha gu math cudromach dhan Bhòrd. Ged nach robh Faye NicLeòid ann an suidheachadh barrachd ùine a thoirt dhuinn, tha sinn gu mòr na comain airson gach nì a rinn i dhan Bhòrd anns na trì bliadhna còmhla rinn.

Fhuair sinn aonta a dhol air adhart le structar Bhòrd na Gàidhlig ath-chruthachadh, agus chì sinn toradh na h-obrach sin le sgioba a bhios air a neartachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e comasach dhan Bhòrd an obair a tha air sìor fhàs a chur an gnìomh ann an dòigh bhrosnachail, fhosgailte, thaiceil, agus èifeachdach.

Anns a' bhliadhna a tha romhainn, bidh sinn gu mòr an sàs san iomairt ùr a tha gu bhith aig Bòrd na Gàidhlig agus an riaghaltas airson àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh. Tha an iomairt seo aig cridhe a' Phlana Nàiseanta agus Achd na Gàidhlig, agus tha còir againn a faicinn mar chothrom. Feumaidh sinn dòighean a lorg far am bi e fasanta a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig. Tha e cho furasta sin ann an dòigh, agus aig a' cheann thall chan e plana no ro-innleachd a dhèanadh an diofar as motha, ach daoine a' bruidhinn na Gàidhlig gu coileanta agus anns gach suidheachadh.

Tha tòrr chùrsaichean ann mar-thà a tha ga dhèanamh comasach, agus meadhanach furasta, do dhaoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Ach feumaidh adhbhar a bhith aig daoine cànan sam bith ionnsachadh agus feumaidh miann agus cothroman a bhith aca a bhith ga bhruidhinn.

Tha iomadh adhbhar aig daoine airson Gàidhlig ionnsachadh - cuid airson obair fhaighinn; cuid airson cànan eile a thogail mar chur-seachad; cuid aig a bheil teaghlach ann am foghlam tron Ghàidhlig a tha ag iarraidh taic a chumail ri an cuid chloinne; cuid a tha ag iarraidh eòlas cheart a chur air ainmean-àite na h-Alba; cuid a tha ag iarraidh tuigse a bhith aca air faclan nan òran a tha iad a' seinn aig a' Mhòd!

'S e Nelson Mandela a thuir: If you talk to a man in a language he understands, that goes to his head. If you talk to him in his language, that goes to his heart. Tha mise a' creidsinn san fheallsanachd sin gu mòr, agus tha mi a' creidsinn gun caill sinn an t-uabhas ma chailleas sinn a' Ghàidhlig. Ach ma tha a' Ghàidhlig nar cridhe, agus ma tha sinn deònach a cleachdadh anns gach suidheachadh, agus gu sònraichte ar pàirt a chluich ann a bhith ga toirt dhan ath ghinealach, bidh adhbhar dòchais ann mun àm ri teachd.



Art MacCarraig
Cathraiche

Development

The focus for this year was very much on developing and increasing the use of Gaelic in the home and the community. As part of these initiatives, there was a Gaelic Communities conference, expansion of the advice scheme for parents, an increase in opportunities for acquiring funding support for community projects through the Taic Freumhan Choimhearsnachdan scheme, and language initiatives established in six districts throughout Scotland.

At international level, the Bòrd strengthened their partnership with representatives of European minority languages through taking part in the Network for the Promotion of Linguistic Diversity.

The links between Scotland and Ireland were strengthened through moving the Colmcille initiative, which aims to encourage participation between speakers and learners of Gaelic and Gaeilge. The organisation was changed from being an independent Company to being under the co-management of Foras na Gaeilge and Bòrd na Gàidhlig, at the beginning of April 2009. The Colmcille Development Officer (Scotland) started in post at Bòrd na Gàidhlig at the same time.

A particular step forward was the changing of the one-year contract for the Gaelic organisations to a two-year contract. This move gives the Gaelic organisations an opportunity to be more strategic and visionary with regard to planning and delivering services. We also encourage greater collaboration between the organisations and the Bòrd, through training, secondments, partnerships and others.

Taic Freumhan Coimhearsnachd was established, making it possible to accept multiple-year applications, with the aim of this being of particular advantage to the groups which are involved in community projects, especially in areas outwith the places where there are Language Initiatives.



Barrachd coluadair eadar am

Bòrd agus buidhnean eile.

Greater collaboration

between the organisations

and the Bòrd.



Leasachadh

Bha fòcas na bliadhna seo glè mhòr air leasachadh agus leudachadh na Gàidhlig ann an dachaighean agus coimhearsnachdan. An lùib nan iomairtean seo, bha co-labhairt Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan, leudachadh air sgeama comhairleachaidh do phàrantan, àrdachadh anns na cothroman airson taic-maoin fhaotainn do phròiseactan coimhearsnachd tron sgeama Taic Freumhan Choimhearsnachdan, agus iomairtean cànan air an stèidheachadh ann an sia sgìrean ann an Alba.

Aig ìre eadar-nàiseanta, neartaich am Bòrd an com-pàirteachas a th' aca le riochdairean nam mion-chànanan Eòrpach tro bhith a' com-pàirteachadh anns an Lionra Àrdachaidh Ruigsinneachd Chànanan (Network for the Promotion of Linguistic Diversity.)

Chaidh neartachadh a dhèanamh air na ceangalan eadar Alba agus Èirinn tro bhith a' gluasad lomairt Cholmcille, a tha ag amas air com-pàirteachas a bhrosnachadh eadar luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus Gaeilge. Chaidh a' bhuidheann a ghluasad bho bhith na Companaidh fa leth gu bhith fo cho-stiùireadh Foras na Gaeilge agus Bòrd na Gàidhlig aig toiseach a' Ghiblein 2009. Thòisich Oifigear Leasachaidh Cholmcille (Alba) ann an dreuchd aig Bòrd na Gàidhlig aig an aon àm.

Chaidh ceum sònraichte a ghabhail le bhith a' gluasad nam buidhnean Gàidhlig bho chùmhntan bliadhna gu cùmhntan dà bliadhna. Tha an gluasad seo a' toirt am barrachd cothrom do na buidhnean Gàidhlig a bhith nas ro-innleachdail agus lèirsinneach a thaobh planaigh agus liubhairt sheirbheisean. Bha sinn a' brosnachadh barrachd co-obrachaidh eadar na buidhnean agus leis a' Bhòrd, le trèanadh, fo-fhastaidhean, com-pàirteachasan is eile.

Chaidh Taic Freumhan Coimhearsnachd fhoillseachadh, ga dhèanamh comasach air tagraidhean ioma-bhliadhna a ghabhail, le amas gum biodh seo na bhuannachd sònraichte do na buidhnean a tha an sàs ann an obair coimhearsnachd, gu h-àraidh ann an sgìrean air taobh a-muigh nan àiteachan sa bheil Iomairtean Cànan.

Gaelic Signs

We continued towards expanding the Gaelic signs initiative and a particular project was carried out with the five ski centres: Glencoe, Nevis Range, Cairn Gorm, Glenshee and The Lecht. Fixed signs were erected at each of these areas. Special boards with explanations of Gaelic in the environment were prepared for visitors.

Arts & Culture

Particular progress was made through re-establishing the Gaelic publishing sector. A plan for a new structure was prepared and approved by a national working group. This work is progressing well, with the expectation that there will be an expansion in the development of writing, selling resources, offices and publishing programmes.

Gaelic drama initiatives were progressed, with the drama group Meanbh-Chuileag, taking plays to Gaelic primary units and schools throughout Scotland. Fèisean nan Gàidheal organised a two-week training programme for young people at a Drama Summer School in Portree. This Summer School concentrated on skills relating to voice, movement and acting under the direction of excellent tutors.


Adult drama was well supported through an increase in funding support from the Bòrd to Comunn na Dràma. This will help in developing skills amongst the community drama groups and with the costs of taking part in competitions and events locally and at national level.

Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Arts Council came to an agreement to create a Development Officer's post in order to support the Gaelic Arts in Scotland. This post will lend support to the national strategy for Gaelic arts. A steering group was established with representatives from Gaelic organisations which are already involved in the arts. It is accepted that particular advantages will be gained through this partnership with regard to strategy and efficiency.

Chaidh taic a thoirt do dhràma
inbheach leis a' Bhòrd, tro
Chomann na Dràma.

Adult drama was well
supported through an increase
in funding support from the
Bòrd to Comunn na Dràma.





Soidhnichean Gaidhlig

Chaidh leanntainn air adhart le iomairt soidhnichean Gàidhlig a leudachadh agus chaidh pròiseact shònraichte a chur air dòigh le na coig raointean sgithidh: Gleann Comhann, Monadh Nibheis, An Càrn Gorm, Gleann Sith agus Leac a' Ghobhainn. Chaidh soidhnichean stèidhte a shuidheachadh aig na raointean sin fa leth. Chaidh clàran sònraichte le mìneachadh air Gàidhlig san àrainneachd ullachadh airson an luchd-tadhail.

Ealain & Cultar

Rinneadh adhartas sònraichte le bhith ag ath-stèidheachadh roinn foillseachaidh na Gàidhlig. Chaidh plana airson structar ùr ullachadh agus aontachadh le buidheann-obrach nàiseanta. Tha an obair seo a' dol air adhart gu math, le dùil gun tig leudachadh air leasachadh sgrìobhaidh, goireasan reic, luchd-obrach, oifisean agus clàran foillseachaidh.

Chaidh leantainn air adhart le iomairtean dràma Gàidhlig, leis a' bhuidheann Meanbh-Chuilleag a' toirt deilbh-cluiche gu bun-sgoiltean Gàidhlig ann an Alba. Chuir Fèisean nan Gàidheal trànanadh fad dà sheachdain air dòigh do dh'oigridh aig Sgoil Shamhraidh Dràma ann am Port Rìgh. Bha an Sgoil Shamhraidh seo a' togail air sgilean a thaobh guthan, gluasad agus cleasachd leis an stiùireadh air fhaotainn bho shàr oidean.

Chaidh dràma nan inbheach a neartachadh tro àrdachadh ann an taic a' Bhùird do Chomunn na Dràma. Cuidichidh seo le bhith a' leasachadh sgilean an lùib bhuidhnean dràma coimhearsnachd agus cosgaisean com-pàirteachaidh ann am farpaisean agus tachartasan ionadail agus nàiseanta.

Thàinig Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Ealan gu aonta dreuchd Oifigeir Leasachaidh a chruthachadh airson taic a chur ris na h-Ealain Ghàidhlig ann an Alba. Cuiridh an dreuchd seo taic ri ro-innleachd nàiseanta nan ealan. Chaidh buidheann-stiùiridh a stèidheachadh le riochdairean bho bhuidhnean Gàidhlig a tha an lùib nan ealan cheana. Thathas a' gabhail ris gum bi buannachdan sònraichte air an cosnadh a thaobh ro-innleachd agus èifeachdas tron chom-pàirteachas seo.

Youth

An extensive programme of events was established for young people. Amongst other things were Sradagan clubs and Gaelic camps over two weeks in Tìree. Pupils from Gaelic primary schools were taken on a fact-finding visit to the Scottish Parliament, under the auspices of Comunn nam Pàrant.

As a means of strengthening the language amongst the fèisean, the Bòrd is continuing with support for a team to encourage the use of Gaelic within Fèisean nan Gàidheal. This team is involved in preparing resources and visiting the various fèisean with fun initiatives towards strengthening the Gaelic language. A useful database of phrases and terminology has been created by the team as a useful resource for the fèis tutors.

At international level, an audit was made of young people's opinions with regard to European minority languages. This audit was done in collaboration with Cardiff University in Wales. There was an interesting meeting in Inverness between secondary pupils from Ireland and Scotland. Short speeches were delivered by the pupils in the Town House, with a party and dance afterwards.



Our focus is on creating a new generation of Gaelic speakers.



Òigridh

Chaidh prògram farsaing de thachartasan a chur air adhart do dh'òigridh. An lùib seo bha clubaichean Sradagan agus campaichean Gàidhlig thairis air dà sheachdain ann an Tiriodh. Chaidh sgoilearan bho bhun-sgoiltean Gàidhlig a thoirt air cuairt-fiosrachaidh gu Pàrlamaid na h-Alba fo stiùireadh Comunn nam Pàrant.

Mar mheadhan air cànan a neartachadh an lùib fhèisean, tha am Bòrd a' leantainn le taic do sgioba brosnachaidh na Gàidhlig an taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal. Tha an sgioba seo an sàs ann a bhith ag ullachadh ghoireasan agus a' dol mun cuairt nam fèisean le iomairtean spòrsail airson neartachadh na Gàidhlig. Tha stòr-data de dh'abairtean agus briathrachas feumail air a chruthachadh leis an sgioba mar ghoireas fheumail do luchd-teagaisg nam fèisean.

Aig ìre eadar-nàiseanta chaidh sgrùdadh a dhèanamh air beachdan òigridh a thaobh mion-chànanan Eòrpach. Chaidh an sgrùdadh seo a dhèanamh ann an co-bhonn ri Oilthigh Chardiff sa Chuimrigh. Bha coinneachadh inntinneach ann an Inbhir Nis eadar sgoilearan àrd-sgoile à Èirinn is Alba. Chaidh òraidean goirid a libhrigeadh leis na sgoilearan ann an Taigh a' Bhaile, le cuirm agus dannsa an dèidh làimh.

The Gaelic Rings

The Gaelic Rings, or Cearcaill na Gàidhlig, is a collaborative marketing initiative developed to promote Gaelic language and culture throughout the Hebridean Islands and West Highland mainland. The Gaelic Rings / Cearcaill na Gàidhlig is supported by Argyll and Bute Council; Bòrd na Gàidhlig; Bowmans Buses; Caledonian MacBrayne; Comhairle nan Eilean Siar; Comunn na Gàidhlig; Highland Airways; HITRANS – The Highlands and Islands Transport Partnership; Loganair, Flybe's franchise partner; National Trust for Scotland; Oban Airport; Proiseact nan Ealan: The Gaelic Arts Agency; Scotrail; Scottish Citylink; Shiel Buses; The Highland Council; VisitScotland and West Coast Motors.

The first Gaelic Ring was launched in July 2007 and is based on Caledonian MacBrayne's Island Hopscotch® route taking in Oban, Barra, Eriskay, South Uist, Benbecula, North Uist, Skye and Mallaig. The Ring is completed with the road journey from Mallaig to Oban. The commentary for this journey is provided by the renowned Gaelic writer and actor Angus Peter Campbell.

The success of the first Ring resulted in five new Gaelic Rings being unveiled in 2008 and to complement these journeys, a number of highly respected Scots agreed to write their experiences of travelling these Island Hopscotch® routes. The writers are Mairi Macarthur, Brian Wilson, Iseabail and Margaret Mactaggart, Donald Meek and, Hugh and Jane Cheape. The journeys, in English and Gaelic are contained within a stunning pocket size 148 page book.

A number of other exciting developments were implemented during 2009. This included an update to the website and each of the journeys in Gaelic and English. The website homepage is now available in a number of languages including French, German, Italian, Spanish, Chinese and Japanese. A new addition to the site was the inclusion of photographic journeys for each of the Rings, set to the music of Runrig, one of Scotland's leading bands. In addition, train stations on the West Highland Line, from Helensburgh to Oban, Fort William and Mallaig and selected train stations from Inverness to Kyle of Lochalsh, now display bilingual branded signage.

Regarding businesses endorsing Cearcaill na Gàidhlig, over 800 businesses within the Hebridean Islands and West Highland mainland now promote and feature branding.



Cearcaill na Gàidhlig provides an excellent opportunity to expand the uniqueness of Gaelic language and culture to more people in more areas throughout the world and the project partners are planning activities for 2010 and beyond.

For more information visit www.gaelic-rings.com





Cearcaill na Gàidhlig

'S e iomairt cho-obrachail margaideachd a th' ann an Cearcaill na Gàidhlig, a chaidh a leasachadh gus a' Ghàidhlig 's a cultar àrdachadh agus adhartachadh air feadh eileanan Innse Gall agus tìr-mòr na Gàidhealtachd an Iar. Tha Cearcaill na Gàidhlig a' faotainn taic bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid; Bòrd na Gàidhlig; Busaichean Bowman; Caladòinian Mac a' Bhriuthainn; Comhairle nan Eilean Siar; Comunn na Gàidhlig; Companaidh Itealain na Gàidhealtachd; Com-pàirteachas Còmhdhail na Gàidhealtachd 's nan Eilean; Loganair, neach-compàirt Flybe; Urras Nàiseanta na h-Alba; Port-adhair an Òbain; Pròiseact nan Ealan; Rèile na h-Alba; Citylink na h-Alba; Busaichean Seile; Comhairle na Gàidhealtachd; Tadhail Alba agus Còmhdhail a' Chosta an Iar.

Chaidh a' chiad Cearcall Gàidhlig a chur air bhog san Iuchair 2007 agus tha e stèidhichte air slighe Hopscotch® nan Eilean, a' gabhail a-steach an t-Òban, Barraigh, Èirisgeigh, Uibhist a Deas, Beinn nam Fadhla, Uibhist a Tuath, An t-Eilean Sgitheanach agus Malaig. Tha an t-slighe rathaid eadar Malaig agus an t-Òban a' dùnadh a' chearcaill. Tha am fiosrachadh mun turas seo ga lìbhrigeadh leis an sgrìobhaiche agus an cleasaiche ainmeil Gàidhlig, Aonghas Pàdraig Caimbeul.

Mar thoradh air soirbheas a' chiad Cearcaill, chaidh còig Cearcaill Ghàidhlig ùra a thaisbeanadh ann an 2008, agus gus na tursan sin a cho-lionadh dh'aontach grunn Albannaich àrd-chliùiteach sgrìobhadh mu an eòlasan fhèin a thaobh a bhith a' siubhal air slighe Hopscotch® nan Eilean. 'S iad na sgrìobhaichean: Màiri NicArtair, Brian MacUilleam, Iseabail agus Mairead

Nic an t-Sagairt, Dòmhnall Meek agus Ùisdean is Sine Cheape. Tha na tursan, ann am Beurla 's ann an Gàidhlig, rin lorg ann an leabhar-pòcaid eireachdail sa bheil 148 duilleagan.

Chaidh àireamh de leasachaidhean spreagail eile a thoirt gu buil rè 2009. Nam measg, bha ùrachadh air an làrach-lìn agus air gach aon de na cuairtean ann an Gàidhlig 's ann am Beurla. Tha duilleag-dachaigh an làrach-lìn a-nis ann an grunn chànanan a' gabhail a-steach Frangais, Gearmailtis, Eadailtis, Spàinnis, Sìonais agus Iapànais. Tha cuairtean gach aon de na Cearcaill air an taisbeanadh às ùr le deilbh camara air an làrach-lìn le taic bho cheòl Runrig, aon de na còmhlairean as cliùitiche ann an Alba. A thuilleadh air an sin, tha stèiseanan trèana air Rathad Iarainn na Gàidhealtachd bho Bhail' Eilidh gu ruig an t-Òban, An Gearasdan gu Malaig agus stèiseanan trèana sònraichte eadar Inbhir Nis agus Caol Loch Aillse a-nis a' taisbeanadh soidhnichean suaicheantais dà-chànanach.

A thaobh ghnòthachasan a bhith a' cur taic ri Cearcaill na Gàidhlig, tha còrr agus 800 ghnòthachas an taobh a-staigh Eilean Innse Gall agus tìr-mòr na Gàidhealtachd an Iar a-nis ag adhartachadh agus a' taisbeanadh suaicheantais ann an Gàidhlig.

Tha Cearcaill na Gàidhlig a' solarachadh fìor chothroim air neo-ionannachd na Gàidhlig 's a cultar a sgaoileadh a-mach gu barrachd dhaoine ann an tuilleadh àiteachan air feadh an t-saoghail, agus tha luchd-compàirt na pròiseict mar-thà a' planadh ghnìomhachdan airson 2010 agus na dhèidh.


Airson tuilleadh fiosrachaidh tadhail air

www.gaelic-rings.com

Development Highlights

- ▷ Bòrd na Gàidhlig established a new support fund, Taic Freumhan Coimhearsnachd. A total of £150,000 was made available and 100 groups received support for projects which were based in the community and would strengthen the acquisition and the use of Gaelic in the home, amongst young people or in the community. Groups had the opportunity to receive funding support over three years, thus giving continuity to their projects. Amongst those projects which received funding support were: the young music group, Sunrise not Secular, doing a tour of the secondary schools in the Western Isles; events taking place in Assynt to raise awareness and interest in Gaelic; a karate club for children in Sleat; encouraging Gaelic literature at the Word Festival in Aberdeen; a camanachd club through the medium of Gaelic for pupils in Edinburgh; Gaelic pages in the local papers for Broadbay and Ness; concerts through the medium of Gaelic in Portree; funding support for events and family workshops in playgroups in different districts; conversation circles and social opportunities for using Gaelic amongst adults in many communities in Scotland.
- ▷ Comunn na Gàidhlig revealed that they would be launching Gaelic Initiatives in Lochaber, the north of Skye, Edinburgh, Glasgow, South Uist and Eriskay and the west side of Lewis, in partnership with people from the community and local and national groups, which work in the area. The initiatives will be aiming to increase the number of Gaelic speakers in these areas and creating opportunities for speaking Gaelic in the community.
- ▷ Fèisean nan Gàidheal ran a Gaelic Drama Summer School in July, with 19 young people participating and ended with a spectacular evening's exhibition of plays on stage.
- ▷ Ionad Chaluim Chille Ìle published a new course 'Opening Doors' for parents of children in Gaelic-medium education.
- ▷ The National Mod, which was held in Falkirk in October, was a success and An Comunn Gàidhealach established a support scheme for choir members, to enhance their language skills.
- ▷ An Lòchran organised a series of Gaelic drama workshops for primary and secondary pupils in the Glasgow area.

An Lòchran organised Gaelic drama workshops for primary and secondary pupils



Prìomh Phuingeann Leasachaidh

▷ Dh'fhosgail Bòrd na Gàidhlig maoin taic-airgid ùr, Taic Freumhan Coimhearsnachd. Bha luach £150,000 ga thabhann gu h-iomlan agus fhuair 100 buidheann taic airson pròiseactan a bha stèidhichte sa choimhearsnachd agus a bhiodh a' neartachadh togail agus cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh, am measg òigridh no anns a' choimhearsnachd. Bha cothrom aig buidhnean taic fhaighinn thairis air trì bliadhna agus leis an sin leantail a thoirt do na pròiseactan aca. Am measg nam pròiseactan a chaidh a mhaoineachadh bha: cuairt a' chòmhlain-ciùil òig 'Sunrise not Secular' gu àrd-sgoiltean anns na h-Eileanan an Iar; tachartasan ann an Asainte airson aire agus ùidh sa Ghàidhlig a thogail; club karate do chlann ann an Slèite; brosnachadh litreachas Gàidhlig aig Fèis Word ann an Obar Dheathain; club camanachd tro mheadhan na Gàidhlig do sgoilearan ann an Dùn Èideann; duilleagan Gàidhlig ann am pàipearan naidheachd ionadail sgìrean Loch a Tuath agus Nis; cuirmean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig ann am Port Rìgh; taic-airgid airson tachartasan agus bùithtean obrach theaghlaichean aig cròileagan ann an caochladh sgìrean; agus cearcaill còmhraidh agus cothroman sòisealta gus a' Ghàidhlig a chleachdadh am measg inbhich ann an iomadach coimhearsnachd ann an Alba.

▷ Dh'fhoillsich Comunn na Gàidhlig gum biodh iad a' cur air bhog Iomairtean Cànanain ann an Loch Abar, ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich, Dùn Èideann, Glaschu, Uibhist a Deas is Èirisgeigh agus taobh siar Leòdhais, ann an co-bhonn ri muinntir na coimhearsnachd agus buidhnean ionadail agus nàiseanta a tha ag obair anns an àite. Bidh na h-iomairtean ag amas air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh anns na sgìrean sin agus a' cruthachadh chothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh anns a' choimhearsnachd.

▷ Chuir Fèisean nan Gàidheal air adhart Sgoil Shamhraidh Dràma anns an Iuchar, le 19 daoine òga a' gabhail pàirt agus a' crìochnachadh le oidhche mhòr de thaisbeanaidhean deilbh-chluiche air an àrd-ùrlar.

▷ Dh'fhoillsich Ionad Chalum Chille Ìle cùrsa ùr 'A' Fosgladh Dhorsan' do phàrantan le clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

- ▷ Comhairle nan Sgoiltean Àraich (CNSA) revealed that they would be changing the name of the organisation to Taic (Support) from the start of the financial year 2009-10, placing a stronger focus on the needs of pre-school age children, and on the education of parents.
- ▷ The national body of Comann nam Pàrant appointed an officer for the training purposes of advisers visiting homes, and disseminating information on Gaelic-medium education.
- ▷ Officers employed by Colmcille were working to bring Gaelic and Irish speakers together at events such as Ceòl is Craic in Glasgow, where traditional singers and dancers took part, and also at the National Mod.
- ▷ The Gaelic Arts Project organised a spectacular night in the Eden Court Theatre in October, to celebrate the life and work of the late Simon MacKenzie, and the Simon MacKenzie Trust was established to continue the work in which he had been involved.
- ▷ Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig continued with the publication of fine new resources for pupils and teachers in primary and secondary schools. Amongst those was the second title from the series Kar2ouche, which helps pupils at primary school level to enhance a breadth of creative writing skills.
- ▷ Adult literature also received support through the work of the Gaelic Books Council, Acair and other publishers, with a series of books of short stories from new writers called 'An Claipeann aig Damien Hirst', historical literature in the form of 'Muilnean Beaga Leòdhais' and songs and stories in 'Coille an Fhàsaich'.



- ▷ Bha Mòd Nàiseanta soirbheachail anns an Eaglais Bhric san Dàmhair agus thòisich an Comunn Gàidhealach sgeama-taic do bhuill chòisirean gus na sgìlean cànan aca a neartachadh.
- ▷ Chuir An Lòchran air dòigh sreath de bhùithtean obrach dràma Gàidhlig do sgoilearan bun-sgoile agus àrd-sgoile ann an sgìre Ghlaschu.
- ▷ Dh'fhoillisich Comhairle nan Sgoiltean Àraich gum biodh iad ag atharrachadh ainm na buidhne gu Taic bho thoiseach na bliadhna ionmhais 2009-10, a' cur cuimse nas làidire air feumalachdan chloinne fo aois sgoile, agus foghlam nam pàrantan.
- ▷ Chaidh oifigear fhastadh le Comann nam Pàrant (Nàiseanta) airson trèanadh a thoirt do luchd-comhairleachaidh a' tadhal air dachaighean, agus fiosrachadh a sgaoileadh mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.
- ▷ Bha oifigearan Cholmcille ag obair gus luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-labhairt na Gaeilge a thoirt còmhla aig cuirmean leithid Ceòl is Craic ann an Glaschu, far an robh seinneadairean agus dannsairean traidiseanta air an àrd-ùrlar, agus aig a' Mhòd Nàiseanta.
- ▷ Chuir Pròiseact nan Ealan oidhche mhòr air dòigh ann an Taigh-cluiche Eden Court anns an Dàmhair, a' comharrachadh beatha agus obair Shim MhicCoinnich nach maireann, agus chaidh Urras Shim MhicCoinnich a stèidheachadh airson leantainn leis an obair anns an robh e an sàs.
- ▷ Lean Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig le bhith a' foillseachadh ghoireasan ùra grinne do sgoilearan agus luchd-teagaisg ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean. Nam measg bha an dàrna tiotal bhon t-sreath KarZouche a bhios a' cuideachadh sgoilearan aig ìre bun-sgoile gus farsaingeachd de sgìlean sgrìobhaidh cruthachail a neartachadh.
- ▷ Chaidh cur ris an litreachas a tha ri fhaighinn do dh'ìnbhich cuideachd tro obair Chomhairle nan Leabhraichean, Acair agus foillsichearan eile, eadar sreath leabhraichean 'An Claiigeann aig Damien Hirst' le sgeulachdan goirid bho sgrìobhadairean ùra, litreachas eachdraidheil ann am 'Muilnean Beaga Leòdhais' agus òrain agus sgeulachdan ann an 'Coille an Fhàsaich'.

Education and Learning

2008-09 saw many changes and developments in Gaelic education both within and outwith Bòrd na Gàidhlig.

In August 2008 until June 2009, Rosemary Ward, Education Manager took up the post of Acting Chief Executive of the Bòrd and the education post was left vacant during that time. The Teacher Recruitment Officer was on maternity leave from April 2008 until January 2009. However, we were fortunate to secure a replacement officer to ensure that the recruitment priorities were continued and progressed. Thus, the momentum in this important area of education development was not hindered.

Education featured prominently in the first set of Gaelic Language Plans which were submitted by Highland Council, Western Isles Council and Argyll and Bute Council respectively. Thereafter, these language plans were approved by the Bòrd and we look forward to supporting these authorities as they implement their plans. The demand for dedicated Gaelic Schools was acknowledged by Highland Council which has now given an undertaking to establish two new Gaelic schools, one in Portree and one in Lochaber during the lifetime of their plan.

Gaelic Medium Education (GME) continued to record annual increases in the number of pupils accessing early years, primary and secondary education through the medium of Gaelic. In 2008-09, there were 864 children in early years' education throughout Scotland, while more than 2206 pupils were receiving Gaelic Medium education in the primary sector. There is no doubt that the growth recorded in primary pupil numbers is as a result of the increased interest being shown in the new dedicated Gaelic schools provision in Glasgow and Inverness.

Local authorities recorded an encouraging increase in the number of pupils studying Gàidhlig (Fluent Speakers) at secondary level and most importantly, an increase in the number of pupils studying other subjects through the medium of Gaelic. The numbers studying Gàidhlig as a subject increased to 981 while numbers studying other subjects through Gaelic increased to 397 from 322 in 2007-08.





Foghlam agus Ionnsachadh

Chunnaic 2008-09 mòran atharrachaidhean is leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh Bhòrd na Gàidhlig.

San Lùnastal 2008 gun Ògmhios 2009 ghabh Rosemary Nic a' Bhird an Stiùiriche Foghlaim dreuchd a' Cheannaird an Gnìomh aig a' Bhòrd agus bha an dreuchd foghlaim bàn aig an àm sin. Bha an t-Oifigear Fastaigh Luchd-teagaisg dheth air fòrladh màthaireil bhon Ghiblean 2008 gun Fhaoilleach 2009. Ach, bha sinn fortanach oifigear fhasadn na h-àite gus dèanamh cinnteach gum biodh na prìomhachasan fastaidh air an cur an gnìomh agus air an cumail a' dol. Mar sin, cha deach bacadh sam bith air an roinn chudromach seo ann an leasachadh foghlaim.

Bha foghlam gu mòr am follais anns a' chiad àireamh de Phlanaichean Gàidhlig a chaidh a chur a-steach le Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid fa leth. Às dèidh sin, chuir am Bòrd aonta ris na planaichean sin agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' cur taic ris na h-ùghdarrasan sin fhad 's a bhios iad a' toirt am planaichean gu buil. Chaidh gabhail ris an iartras airson Sgoiltean Gàidhlig ainmichte le Comhairle na Gàidhealtachd a tha air gealladh a thoirt gum bi dà sgoil ùr Ghàidhlig air an stèidheachadh, aon ann am Port Rìgh agus aon ann an Loch Abar rè beatha a' Phlana aca.

Chùm Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTG) air a' clàradh meudachadh gach bliadhna anns an àireamh de sgoilearan a' gabhail cothrom air foghlam tràth bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig.

Ann an 2008-09, chaidh 864 neach cloinne a-steach do dh'fhoghlam tràth bhliadhnaichean air feadh Alba, fhad 's a bha barrachd na 2,206 sgoilear a' frithealadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil. Chan eil teagamh sam bith gu bheil am meudachadh a chaidh a chlàradh ann an àireamhan sgoilearan mar thoradh air an ùidh a tha a' nochdadh agus a' sìor fhàs anns na sgoiltean ainmichte ùra ann an Glaschu agus Inbhir Nis.

Furthermore, figures relating to Gaelic Learners' Education (GLE) continue to grow, with 2813 pupils now studying on Gaelic learners' courses in secondary schools throughout Scotland compared with 2733 recorded in 2007-08.

The Scottish Government continued to give support to the Gaelic Learners in the Primary School (GLPS) initiative, in order to provide pupils in the primary schools throughout the whole of Scotland with some basic Gaelic language instruction. There are no formal mechanisms in place to give an accurate measure of the number of pupils learning Gaelic in primary schools, but reliable estimates indicate that approximately 6500 pupils were participating in the study of Gaelic through GLPS in 2008-09. The Bòrd, in collaboration with our sponsor department, is considering at the present time the best means of accurately recording the number of pupils participating in the GLPS scheme, in order to reflect more clearly the return value of the financial investment being made by the Government.

The National Gaelic Education Steering Group underwent some changes in 2008-09. The group was established in 2007-08 to manage and co-ordinate the implementation of the National Education Strategy, and to inform guidance on education and policy developments. Professor Donald Meek accepted the position of Interim Chair of the group following the departure of Matthew MacIver, who took up a post as Chair of the UHI Millennium Institute (UHIMI). We are indebted to both Mr. MacIver and Professor Meek for their sterling work and support.

Murdo MacIver of North Lanarkshire Council was appointed Chair of the group in March 2009, and under his direction the National Steering Group continues to provide advice and guidance to the operational working groups, which were established to implement and progress educational priorities.

Many of the priorities set out in the National Gaelic Education Strategy have been overtaken as a result of active collaboration between the Local Authorities and the national education agencies, which are involved in promoting and developing Gaelic Medium Education.



Cainnt mo mhàthar...



Chlàr ùghdarrasan ionadail meudachadh a tha misneachail anns an àireamh de sgoilearan a' gabhail Gàidhlig (Fileantaich) aig ìre àrd-sgoile agus nas cudromaiche buileach, meudachadh anns an àireamh de sgoilearan ag ionnsachadh chuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh an àireamh a' gabhail Gàidhlig mar chuspair suas gu 981 agus chaidh an àireamh ag ionnsachadh chuspairean eile seach Gàidhlig suas gu 397 bho 322 ann an 2007-08.

A thuilleadh air an sin, tha àireamhan co-cheangailte ri Foghlam Luchd-Ionnsachaidh (FLI) a' sìor fhàs, le 2,813 sgoilear ag ionnsachadh air cùrsaichean luchd-ionnsachaidh Gàidhlig anns na h-àrd-sgoiltean air feadh Alba, an taca ri 2,733 a chaidh a chlàradh ann an 2007-08.

Chùm Riaghaltas na h-Alba taic a' dol do dh'iomairt Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) gus beagan Gàidhlig bhunaiteach ionnsachadh do sgoilearan bun-sgoile ann an sgoiltean fada is farsaing air feadh Alba. Chan eil uidheaman foirmeil ann gus an àireamh de sgoilearan ag ionnsachadh Gàidhlig sa bhun-sgoil a thomhais gu ìre a tha fìor-cheart, ach tha tuairmsean earbsach ag ràdh gun robh mu 6,500 sgoilear a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh Gàidhlig tro GLPS ann an 2008-09. Tha am Bòrd, ann an co-obrachadh le roinn an urrasachd, a' beachdachadh aig an àm seo fhèin air an dòigh as fheàrr air an àireamh de sgoilearan a' com-pàirteachadh ann an GLPS a chlàradh gu mionaideach, gus luach an airgid air a thasgadh leis an Riaghaltas a nochdadh ann an dòigh nas soilleire.

Thàinig beagan atharrachaidhean air Buidheann Stiùiridh Foghlam Gàidhlig Nàiseanta ann an 2008-09. Chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh ann an 2007-08 gus buileachadh an Ro-Innleachd Foghlaim Nàiseanta a cho-òrdanachadh agus a stiùireadh, agus gus fiosrachadh a chumail ri stiùireadh foghlaim agus leasachaidhean poileasaidh. Ghabh an t-Àrd-Ollamh Dòmhnall Meek dreuchd a' Chathraiche Eadar-amail air a' bhuidheann a' leantainn air Mata MacIomhair, a ghabh dreuchd a' Chathraiche ann an Institiùd na Mìle Bliadhna aig Oilthigh na Gàidhealtachd (UHIMI). Tha sinn fada an comain Mghr MacIomhair agus an Àrd-Ollamh Meek airson an obair ionmholta agus an taic.

Chaidh Murchadh MacIomhair bho Chomhairle Lannraig a Tuath fhastadh mar Chathraiche air a' bhuidheann sa Mhàrt 2009, agus fo a stiùireadh-sa tha a' Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta a' solarachadh comhairle agus stiùireadh do no buidhnean obrach gnìomhach a chaidh a stèidheachadh gus prìomhachasan foghlaim adhartachadh agus a thoirt gu buil.

Tha mòran de na prìomhachasan a tha air an cur sìos anns an Ro-Innleachd Foghlam Gàidhlig Nàiseanta air an gabhail thairis mar thoradh air co-obrachadh gnìomhach leis na h-Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean foghlaim nàiseanta, a tha an sàs ann an adhartachadh agus leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

The five national working groups which were established to agree on and execute immediate priorities made good progress in 2008-09. The highlights of each working group are listed :

Gaelic Learners Education Working Group

▷ A comprehensive review of Gaelic adult learning opportunities was carried out, which will lead on to the creation of a national Gaelic learning pathway. The outcome of the review is expected in November 2009. (University of Edinburgh)

Gaelic Teacher Recruitment, Education and Supply Working Group

▷ A national recruitment campaign was launched under the banner of a new information website **www.gaelicteaching.com**

▷ A national audit of Gaelic speaking secondary teachers not employed in Gaelic Medium Education was carried out in order to determine interest in transferring to GME. (Galloway 2008)

▷ A survey was implemented of all Gaelic teachers who have entered the profession since the Teaching Induction Scheme was introduced in 2002. (Galloway 2008)

Gaelic Further and Higher Education Working Group

▷ Undertook a review of all course options relating to Gaelic Further and Higher Education.

▷ Initiated the development of summer immersion courses for FE and HE undergraduates on Gaelic programmes.

▷ Statistics were collated on the number of students studying Gaelic at HE level from 2005-08.

▷ Discussions were progressed regarding the establishment of a resources production unit for FE and HE education.

Gaelic Secondary Curriculum Design Working Group

▷ Commissioned a survey of existing language teaching methods used in Gaelic-medium primary education in Scotland. (University of Aberdeen)

▷ An audit of 32 local authorities in Scotland was carried out in order to determine the current level of Gaelic-medium secondary provision, and to inform a draft strategy on the Gaelic Secondary Curriculum.





Rinn na còig buidhnean obrach nàiseanta, a chaidh a stèidheachadh gus prìomhachasan deatamach aontachadh agus a chur an gnìomh, adhartas math ann an 2008-09. Tha na puingean cudromach co-cheangailte ris gach buidheann obrach air an clàradh:

Buidheann Obrach Foghlam Luchd-Ionnsachaidh Gàidhlig

▷ Chuireadh an gnìomh ath-sgrùdadh mionaideach air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'ìnbhich, a leanas air adhart gu cruthachadh slighe ionnsachaidh Gàidhlig nàiseanta. Tha dùil ri toradh an ath-sgrùdaidh san t-Samhain 2009. (Oilthigh Dhùn Èideann)

Buidheann Obrach Fastadh Luchd-Teagaisg Gàidhlig, Foghlam agus Luchd-taic

▷ Chaidh iomairt fastaidh nàiseanta a chur air bhog fo bhratach làrach-lìn fiosrachaidh ùr www.gaelicteaching.com

▷ Chaidh sgrùdadh nàiseanta a chur an gnìomh de luchd-teagaisg àrd-sgoile le Gàidhlig nach eil ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, gus ùidh ann an gluasad gu FTG a dhearbhadh. (Galloway 2008)

▷ Suirbhidh de luchd-teagaisg Gàidhlig uile a tha air a thighinn a-steach don obair bho chaidh an Sgeama Inntrigidh Teagaisg a chur an aithne ann an 2002. (Galloway 2008)

Buidheann Obrach Foghlam Gàidhlig Àrd-Ìre agus Adhartach

▷ Chaidh ath-sgrùdadh a ghabhail os làimh a thaobh roghainn chùrsaichean Foghlaim Gàidhlig Adhartach is Àrd-Ìre.

▷ Thòisicheadh leasachadh chùrsaichean bogaidh samhraidh dha fo-cheumnaichean Foghlam Adhartach is Àrd-Ìre air prògraman Gàidhlig.

▷ Chuireadh staitistigean ri chèile air an àireamh de dh'òileanaich ag ionnsachadh Gàidhlig aig Àrd-Ìre bho 2005-08.

▷ Chaidh deasbadan a chur air adhart a thaobh aonad dèanamh ghoireasan a stèidheachadh airson foghlam Adhartach is Àrd-Ìre.

Resources, Terminology and Translation Working Group

- ▷ A review of Gaelic translation services was commissioned, which resulted in the production of a register of Gaelic translators and interpreters to be published on the Bòrd na Gàidhlig website.
- ▷ Informing the development of a national qualification in Gaelic Translation and Interpreting, being designed by SQA.
- ▷ Establishment of a forum for organisations involved in the production of resources for Gaelic education, to be managed by LTS.
- ▷ Hosted a resources seminar as part of the Writers' Week run by Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig in Ullapool in September 2009.
- ▷ A committee was established to encourage the sharing of information and a wider consensus on New Terminology in Gaelic.
- ▷ Progressed discussion on the establishment of a Gaelic Academy.

Relevant up-to-date evidence is crucial to inform the way forward for Gaelic education, and both the Steering Group and working groups identified a range of surveys and research outcomes that they wish to progress. The list below reflects some of the surveys which were initiated in 2008-09, and the outcomes of these surveys will be available towards the end of 2009:

- ▷ a comprehensive review of Gaelic Early Years Education (University of Stirling / University of Edinburgh – July 2009).
- ▷ a study of Gaelic Medium Pupils' Attainment (University of Edinburgh).
- ▷ a review of existing Gaelic teacher staffing and identification of anticipated teaching vacancies.
- ▷ a comparative study of international language immersion methodologies with recommendations for the future development of GME.



Am Ministir Micheil Ruiseal BPA agus e a' tadhal air sgoiltean Gàidhlig.



Buidheann Obrach Dealbhaidh Curraicealam Gàidhlig Àrd-sgoile

- ▷ Chuireadh suirbhidh an gnìomh air modhan teagaisg cànan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil ann an Alba. (Oilthigh Obar Dheathain)
- ▷ Chaidh na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba uile a sgrùdadh gus an ìre làithreach de fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil a dhearbhadh, agus gus dreachd ro-innleachd Curraicealam Gàidhlig Àrd-sgoile fhiosrachadh.

Buidheann Obrach Eadar-theangachaidh, Briathrachais agus Ghoireasan

- ▷ Chuireadh ath-sgrùdadh air bhonn a thaobh seirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig às an tàinig clàr de dh'eadar-theangairean Gàidhlig agus eadar-theangairean mar-aon, a bhios air am foillseachadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.
- ▷ A' fiosrachadh leasachadh air teisteanas nàiseanta ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig agus Eadar-theangachadh Mar-aon a tha ga dhealbhadh le SQA.
- ▷ Stèidheachadh fòram do bhuidhnean a tha an sàs ann an dèanamh ghoireasan airson foghlam Gàidhlig, gu bhith air a stiùireadh le LTS.
- ▷ Chuireadh co-labhairt ghoireasan air bhonn mar phàirt de Sheachdain nan Sgrìobhaichean air a ruith le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig ann an Ulapul san t-Sultain 2009.

- ▷ Chaidh comataidh a stèidheachadh gus co-roinneadh fiosrachaidh a bhrosnachadh agus co-aontachd nas fharsainge air Briathrachas Ùr ann an Gàidhlig.
- ▷ Chaidh deasbad adhartachadh air stèidheachadh Acadamaidh Gàidhlig.

Tha fianais rannsachaidh a tha ùr agus buntainneach deatamach gus an t-slighe air adhart airson foghlam Gàidhlig fhiosrachadh, agus chomharraich a' Bhuidheann Stiùiridh agus na buidhnean obrach raon de shuirbhidhean agus builean rannsachaidh a tha iad airson adhartachadh. Tha an liosta gu h-ìosal a' nochdadh cuid de na suirbhidhean a chaidh a thòiseachadh ann an 2008-09, agus bidh toradh nan suirbhidhean sin rim faotainn mu dheireadh 2009:

- ▷ ath-sgrùdadh mionaideach air Tràth Bhliadhnaichean ann am Foghlam Gàidhlig (Oilthigh Shruighle / Oilthigh Dhùn Èideann – An t-luchair 2009)
- ▷ sgrùdadh air Euchdan Sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (Oilthigh Dhùn Èideann)
- ▷ ath-sgrùdadh air Luchd-teagaisg Gàidhlig làithreach agus comharradh air dreuchdan teagaisg san amharc
- ▷ sgrùdadh coimeasach air modhan bogaidh cànan eadar-nàiseanta le molaidhean a thaobh leasachadh FTG san àm ri teachd

Highlights

- ▷ The first all-Gaelic feature in TESS was published in September 2008. This inaugural feature was supported by a Gaelic comment.
- ▷ The Education Manager presented a paper on Gaelic Education in Scotland at Rannsachadh na Gàidhlig 2008 in Antigonish in Canada in July 2008.
- ▷ Bòrd na Gàidhlig were sponsors of BT Deasbad Nàiseanta – National Gaelic Schools' Debate.
- ▷ Gaelic Medium Education was debated in the Scottish Parliament.
- ▷ Formal notice was served by the Bòrd on key education agencies such as the Scottish Funding Council, Scottish Qualifications Authority, Her Majesty's Inspectorate of Education, Learning and Teaching Scotland and UHIMI to prepare their Gaelic Language Plans.
- ▷ Bòrd na Gàidhlig was represented on the Scottish Parliament Education Advisory Group.
- ▷ Bòrd na Gàidhlig held its second Gaelic Probationers' Seminar in June 2009. In August 2008, a total of six primary probationer teachers and four secondary probationers began their first year of teaching. In August 2009, eleven primary probationers and two secondary probationers will enter the profession.
- ▷ The Gaelic Teacher Recruitment Officer undertook a programme of careers visits to schools and universities throughout Scotland, in order to highlight and promote Gaelic teaching as a career and attended a number of national and local career events.
- ▷ The dedicated website www.gaelicteaching.com was launched by the Minister for Schools at the Scottish Learning Festival.
- ▷ Aberdeen University has introduced an attractive new course for students wishing to pursue a career in Gaelic secondary teaching - M.A. / M.A. (Hons.) in Gaelic with Education. The new 4-year degree course allows students to combine language study with gaining a teaching qualification through a unique collaboration between Aberdeen, Sabhal Mòr Ostaig and Lews Castle College.
- ▷ Bòrd na Gàidhlig continued to support the development of an intensive Gaelic adult learning programme called Ùlpan, and the implementation and registration of this successful language learning medium is being co-ordinated by Cli Gàidhlig, the national organisation with responsibility for learners of Gaelic.





▷ Lean Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt do leasachadh prògram dian ionnsachaidh inbhich Gàidhlig fon ainm Ùlpan, agus tha buileachadh agus clàradh a' mheadhain ionnsachaidh shoirbheachail seo air a cho-òrdanachadh le Clì Gàidhlig, a' bhuidheann nàiseanta le uallach airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Puingean cudromach

▷ Chaidh a' chiad alt gu tur ann an Gàidhlig fhoillseachadh ann an TESS san t-Sultain 2008. Bha beachd ann an Gàidhlig còmhla ris a' chiad airtigil seo.

▷ Chuir an Stiùiriche Foghlaim an làthair pàipear air Foghlam Gàidhlig ann an Alba aig Rannsachadh na Gàidhlig 2008 ann an Antigonish ann an Canada san Iuchair 2008.

▷ Bha Bòrd na Gàidhlig nan urrasairean air Deasbad Nàiseanta BT – Deasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Gàidhlig.

▷ Chaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a dheasbad ann am Pàrlamaid na h-Alba.

▷ Thug am Bòrd fios foirmeil do phrìomh bhuidhnean foghlaim leithid Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh, Ionnsachadh agus Teagasg Alba agus UHIMI gus am Planaichean Gàidhlig ullachadh.

▷ Bòrd na Gàidhlig air a riochdachadh air Buidheann Comhairleachaidh Foghlaim Riaghaltas na h-Alba.

▷ Chùm Bòrd na Gàidhlig an dàrna Co-labhairt Luchd-teagaisg fo Dhearbhadh san Ògmhios 2009. San Lùnastal 2008, thòisich sianar luchd-teagaisg fo dhearbhadh bun-sgoile agus ceathrar luchd-teagaisg fo dhearbhadh àrd-sgoile sa chiad bhliadhna teagaisg aca. San Lùnastal 2009, bidh a h-aon deug luchd-teagaisg fo dhearbhadh bun-sgoile agus diethis luchd-teagaisg fo dhearbhadh àrd-sgoile a' tighinn a-steach don obair.

▷ Ghabh an t-Oifigear Fastaidh Luchd-teagaisg os làimh prògram dhreuchdan a' tadhal air sgoiltean agus oilthighean air feadh Alba, gus togail agus àrdachadh air teagasg Gàidhlig mar dhreuchd agus fhritheil i àireamh de thachartasan dhreuchdan nàiseanta agus ionadail.

▷ Chuireadh an làrach-lìn


www.gaelicteaching.com air bhog le Ministear nan Sgoiltean aig Fèis Ionnsachaidh na h-Alba.

▷ Tha Oilthigh Obar Dheathain air cùrsa ùr tarraingeach a thoirt a-steach do dh'òileanaich a tha airson dreuchd a leantainn ann an teagasg Gàidhlig àrd-sgoile - M.A./M.A. (le Urram) ann an Gàidhlig le Foghlam. Tha an cùrsa ùr ceum 4 bliadhna seo a' toirt cead do dh'òileanaich sgrùdadh cànan a chòmhlachadh le cosnadh teisteanas teagaisg tro cho-obrachadh gun choimeas eadar Oilthigh Obar Dheathain, Sabhal Mòr Ostaig agus Colaisde Caisteil Leòdhais.

aithnisdag agus cùinntasan

airson na bliadhna gu 31 màrt 2009

BÒRD NA
GÀIDHLIG



CLÀR-INNSE

Aithisg a' Bhùird Stiùiridh	32
Cùl-fhiosrachadh Reachdail	32
Priomh Ghnìomhachdan	32
Coileanadh Ionmhasail	32
Seilbh Calpa sa Bhliadhna	33
Tiodhlacan is Tabhartasan Carthannais	34
Call, Pàighidhean Sònraichte agus Dubhadh Às	34
Tachartasan Dàta Pearsanta	34
Às-làthaireachd Tinneis	34
Poileasaidh Pàigheadh Sholaraidhean	34
Targaidean Ionmhasail	34
Aonadh Airgid na h-Eòrpa	35
Fastadh Luchd-sgrùdaidh	35
Foillseachadh Fiosrachaidh do Sgrùdairean	35
Cùisean Riaghlaidh Corporra	35
Modhan Strì eadar Com-pàirtean	35
Buill a' Bhùird	36
An Sgioba Stiùiridh	38
Comataidhean a' Bhùird	38
Aithisg Tuarastail	39
Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail	41
Aithris air In-smachd	42
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeileach	43
Aithris Cosgais Obrachaidh	46
Cunntas Cothromachaidh	47
Aithris an t-Sruth Airgid	48
Fiosrachadh mu na Cunntasan	49
Stiùireadh Chunntasan	65

Ceann-là ùghdaraichte gus a libhrigeadh: 25mh Òg-mhìos 2009

AITHISG A' BHÙIRD STIÙIRIDH

Tha Bòrd na Gàidhlig a' taisbeanadh aithisg bhliadhnail agus a chunntasan airson na bliadhna bho 1 Giblean 2008 gu 31 Màrt 2009. Chaidh na cunntasan a dheasachadh ann an cruth air a stiùireadh le Ministearan na h-Alba a rèir Earrann 8 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

CÙL-FHIOSRACHADH REACHDAIL

Bha Bòrd na Gàidhlig air a stèidheachadh agus tha e air a riaghladh sa mhòr-chuid leis na h-earrannan buntainneach de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ("an Achd").

PRÌOMH THACHARTASAN

'S iad prìomh thachartasan Bhòrd na Gàidhlig:

(a) adhartachadh agus cuideachadh le adhartachadh –

- ▷ cleachdadh agus tuigse dhan Ghàidhlig, agus
- ▷ foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(b) comhairleachadh (ma dh'farrar no ma chithear iomchaidh) Ministearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a tha a' coileanadh ghniomhan poblach a thaobh cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(c) comhairleachadh (ma dh'farrar) dhaoine eile mu chùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(d) a' cumail sùil agus a' toirt cunntas do Mhinistearan na h-Alba air gnìomhachadh Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil no nam Mion-chànan leis a' cheann-là 5 Samhain 1992 ann an co-cheangal ri Gàidhlig.

Tha na gnìomhan air am buileachadh air a' Bhòrd leis an Achd rin coileanadh le sùil ri inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba, a' dleasadh spèis co-ionann ri Beurla tro –

- 1) mheudachadh air an àireamh de dhaoine a tha comasach air a' Ghàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn,
- 2) bhrosnachadh cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus
- 3) chuideachadh le ruigsinneachd air a' Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig ann an Alba agus àiteachan eile.

COILEANADH IONMHASAIL

Geàrr-chunntas na Bliadhna

Bha còrr de £33,138 (2008 – easbhaidh £52,487) aig Bòrd na Gàidhlig (2007 – easbhaidh £16,390) airson na bliadhna. 'S e seo an t-eadar-dhealachadh eadar a' chosgais lom airson na bliadhna de £5,488,362 (2008 - £4,681,487) mar a tha air a shealltainn anns an Aithris Cosgais Obrachaidh agus am maoineachadh a fhuair eadh bho Riaghaltas na h-Alba de £5,521,500 (2008 - £4,629,000).

Tha an lùl Aithris Ionmhasail (*FReM 2007/8*) air a chur a-mach le Roinn an Ionmhais a' mìneachadh cruth nan cunntasan bliadhnail. Tha Tabhartas-gus Cuideachadh ("GIA") air a ghabhail a-steach sa Mhaoin Choitcheann sa chunntas cothromachaidh seach a bhith air a chur san Aithris Cosgais Obrachaidh airson na bliadhna. Tha a h-uile teachd-a-steach agus a h-uile cosgais eile air a ghabhail a-steach anns an Aithris Cosgais Obrachaidh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an Aithris Cosgais Obrachaidh a' sealltainn easbhaidh a tha air a ghluasad don Mhaoin Choitcheann agus a tha co-ionann ri GIA air a chumail an sin.

Bha na prìomh chosgaisean obrachaidh a thàinig oimn rè na bliadhna co-cheangailte ri Togail Cànan £1.003m (2008 - £0.826m), Cleachdadh Cànan £1.384m (2008 £1.053m), Inbhe Cànan £0.244m (2008 - £0.199m), Corpas Cànan £0.333m (2008 - £0.113m), Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig £1.274m (2008 - £1.295m) agus Tabhartasan £0.135m (2008 - £0.330m). Tha figearan coimeasach air an stèidheachadh air riarachadh measraichte.

Ghabh cosgaisean eile a-steach cìsean Buill a' Bhùird £0.082m (2008 - £0.064m), Cosgaisean Luchd-obrach £0.422m (2008 - £0.369m) agus Cosgaisean Ruith Oifis £0.145m (2008 - £0.156m). Bha cosgaisean isleachaidh anns a' bhliadhna aig £0.016m (2008 - £0.032m).

Tha an cunntas cothromachaidh a' sealltainn maoin lom de £0.016m (2008 – so-mhaoin lom de £0.129m). Tha seo air adhbhrachadh sa mhòr-chuid leis an easbhaidh airson na bliadhna còmhla ris na h-easbhaidhean agus na còrran sna bliadhnaichean roimhe sin.

Maoineachadh

Tha Roinn an Ionmhais air iarraidh air buidhnean poblach neo-roinneil Tabhartas-gus Cuideachadh a shealltainn mar theachd-a-steach ionmhasail a tha air a thoirt dìreach don Mhaoin Choitcheann anns

a' chunntas cothromachaidh. B' e an Tabhartas-gus Cuideachadh a chaidh a shònrachadh airson na bliadhna £5,521,500 (2008 £4,629,000). Bha an sùim iomlan a chaidh a shònrachadh air a thoirt sìos ann an airgead rè na bliadhna.

Targaidean na Roinne Urrasachd

Thathar a' dùileachadh gum bi Bòrd na Gàidhlig a' riaghladh a bhuidseit, a' gabhail a-steach Tabhartas-gus-Cuideachadh agus teachd-a-steach eile, ann an co-chòrdadh ris a' Mheòmhrachain Ionmhasail agus Leabhar-làimhe Ionmhais Phoblaich na h-Alba. Thathar a' sùileachadh gun dèan Bòrd na Gàidhlig cinnteach, bliadhna an dèidh bliadhna, gum bi an teachd-a-steach bho Thabhartasan-gus-Cuideachadh co-ionann ri caiteachas.

Glusadan

Aig deireadh an treas ùine chunntasan dha Bòrd na Gàidhlig bha an glusad seasmhach gach cuid ann an teachd-a-steach agus cosgais. Tha maoineachadh air a mheudachadh mar thoradh air Tabhartas-gus-Cuideachadh a bharrachd, a chaidh a bhuileachadh fo Sgrùdadh Caiteachais 2007. Tha meudachadh co-fhreagrach air a bhith ann an caiteachas, agus anns an dà bhliadhna sin tha còrr air a bhith ann (Tabhartas-gus-Cuideachadh a bharrachd 2009) no easbhaidh (2008) bheag a thaobh maoineachadh iomlan.

Àm ri Teachd

Chaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig fhoillseachadh sa Mhàrt 2007, agus chaidh Stiùireadh airson Deasachadh Phlanaichean Cànanain Bhuidhnean Poblach a chur a-mach san Ògmhios 2007. Thòisich gnìomhachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig ann an 2007-08, agus gu ruige seo tha na Planaichean Gàidhlig aig 5 buidhnean poblach air an aontachadh leis a' Bhòrd. Tha 16

de Phlanaichean Cànanain Bhuidhnean Poblach gan deasachadh aig an àm seo. Bidh tuilleadh fhiosan ag iarraidh planaichean a dheasachadh air an cur a-mach ann an 2009-10 gu 9 buidhnean poblach eile.

Mar Bhuidheann Poblach Neo-roinneil tha Bòrd na Gàidhlig a' sùileachadh gun cum a roinn urrasachd, Buidheann-stiùiridh na Roinn Eòrpa, Chùisean Taobh a-muigh agus a' Chultair aig Riaghaltas na h-Alba, suas an ìre taic a tha ann an-dràsta, agus gun aontaich Ministearan atharrachaidhean a chaidh am moladh do sgeamaichean dhuaisean.

Thathar a' sùileachadh gum bi Bòrd na Gàidhlig, mar a h-uile buidheann riaghaltais eile, a' libhrigeadh an luaich as fheàrr agus a' cur ri targaidean èifeachdach an riaghaltais. Thathar a' sùileachadh gum bi tuilleadh thargaidean air an suidheachadh tro na bliadhnachan ionmhais ri thighinn. Tha am Bòrd air tòiseachadh air àireamh de sgrùdaidhean gus sàbhalaidhean èifeachdais a chomharrachadh gus seirbheisean co-roinnte a sholarachadh ann an oifis Inbhir Nis. Tha e cuideachd ag obair a dh'ionnsaigh obair ann an com-pàirt a leasachadh far a bheil sin iomchaidh, agus iomlaid fiosrachaidh san raon-obrach.

Gus coinneachadh ri a dhleastanasan obrachaidh, feumaidh am Bòrd ath-structaradh a thaobh rianachd, agus tha an roinn urrasachd an-dràsta a' beachdachadh air moladh airson an ath-structaraidh sin.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' sùileachadh taic leantainneach airson seilbhe calpa fhaotainn bho Riaghaltas na h-Alba an dèidh cùis gnothachais làidir ullachadh .

SEILBH CALPA SA BHLIADHNA

Chuir Bòrd na Gàidhlig an seilbh £3,544 (2008 - £7,018) ann am maoin stèidhichte rè na bliadhna B' iad na prìomh nithean a chaidh a chur ris sa bhliadhna:

	2009 £	2008 £
Uidheam Oifis	Neoni	5,760
Uidheaman & Àirneis	Neoni	1,258
Uidheam Coimpiutair	3,544	Neoni

TIODHLACAN AGUS TABHARTASAN CARTHANNAIS

Cha deach tiodhlacan no tabhartasan carthannais a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig sa bhliadhna (2008 – Neoni).

CALL, PÀIGHIDHEAN SÒNRAICHTE AGUS DUBHADH ÀS

Cha robh call, pàighidhean sònraichte, no dubhadh às sam bith anns a' bhliadhna (2008 – Neoni).

TACHARTASAN DÀTA PEARSANTA

Cha robh tachartasan sam bith co-cheangailte ri dàta pearsanta rè na bliadhna (2008 – Neoni).

ÀS-LÀTHAIREACHD TINNEIS

B' e 31 làithean an às-làthaireachd tinneis rè na bliadhna gu 31 Màrt 2009, a' riochdachadh 1.29% den àireamh iomlan de làithean obrach.

POILEASaidh PÀIGHEADH SHOLARAICHEAN

Tha Bòrd na Gàidhlig a' coinneachadh ris na riatanasan a tha air an òrdachadh leis an Riaghaltas a thaobh pàighidhean do chompanaidhean beaga. 'S e poileasaidh Bhòrd na Gàidhlig a h-uile solaraiche a phàigheadh 30 làithean obrach air a' char as fhaide bho gheibhear cunntas a rèir a phoileasaidh, a tha air a dhèanamh aithnichte don luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh ri pàighidhean do sholaraichean agus air fhiosrachadh do sholaraichean mar a dh'ìarrar.

B' e 11 làithean an ùine chuibheasach a thugadh gus luchd-creideas a phàigheadh rè na h-ama 1 Giblean 2008 gu 30 Samhain 2008, agus rè na h-ama bho 1 Dùbhlachd 2008 gu 31 Màrt 2009 b' e 3 latha an ùine chuibheasach a thugadh .

TARGAIDEAN IONMHASAIL

Tha aig Bòrd na Gàidhlig ri bhith ag obrachadh an taobh a-staigh an riarachaidh ionmhasail a tha air a dhaingnachadh le Ministearan na h-Alba airson na bliadhna. Ann an 2008-09 bha an suidheachadh mar a leanas:

2008-09			
Tabhartas-gus-Cuideachadh	A-mach £m	Riarachadh £m	Easaonta £m
Prìomh Thabhartas-gus-Cuideachadh (tabhartas teachd-a-steach)	1.105	1.212	-0.107
Maoin do Leasachadh Gàidhlig	3.098	2.909	0.189
Maoin Buileachaidh na Gàidhlig	1.274	1.400	-0.126
Iomlan	5.477	5.521	-0.044

Bha an suidheachadh ann an 2007-08 mar a leanas:

2007-08			
	A-mach £m	Riarachadh £m	Easaonta £m
Prìomh Thabhartas-gus-Cuideachadh (tabhartas teachd-a-steach)	0.855	0.800	0.055
Maoinean do Leasachadh na Gàidhlig	2.519	2.429	0.090
Maoin Buileachaidh na Gàidhlig	1.295	1.400	-0.105
Iomlan	4.669	4.629	0.040

Chaidh deasbad air easaontan bhon Riarachadh leis an roinn urrasachd (An Roinn Eòrpa, Cùisean Taobh a-muigh, Cultar Riaghaltas na h-Alba) rè na bliadhna ionmhasail agus bha aonta air fhaotainn mar riatanas dha easaontan sam bith.

AONADH AIRGID NA H-EÒRPA

Aig an àm seo tha siostam ionmhasail Bhòrd na Gàidhlig comasach air obrachadh ma thèid airgead coitcheann a thoirt a-steach mar riatanas de reachdas Aonadh Airgid na h-Eòrpa.

FASTADH LUCHD-SGRÙDAIDH

Fo Achd an Ionmhais Phoblaich agus Cunntachalachd (Alba) 2000, tha luchd-sgrùdaidh Bòrd na Gàidhlig air am fastadh leis an Àrd-neach-sgrùdaidh agus chaidh Sgrùdadh Alba a chomharrachadh ann an 2006 mar às-sgrùdaichean Bhòrd na Gàidhlig airson nam bliadhnan ionmhais 2007 - 2011.

Chaidh sùim £13,620 (2008 - £12,530) iocadh don luchd-sgrùdaidh a thaobh seirbheisean sgrùdaidh reachdail airson na bliadhna ionmhais 2008-09.

FOILLSEACHADH FIOSRACHADH DO LUCHD-SGRÙDAIDH

Mar Oifigear Cunntachail, cho fad 's a tha fios agam, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith nach eil aithnichte do luchd-sgrùdaidh a' Bhùird. Tha mi air gach ceum reusanta a ghabhail a bu chòir dhomh gus eòlas a chur air fiosrachadh iomchaidh sam bith mun sgrùdadh agus gus daingneachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh a' Bhùird mothachail don fhiosrachadh sin.

CÙISEAN RIAGHLADH CORPORRA

Tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air na h-ìrean as àirde ann an riaghladh corporra agus thathar a' cleachdadh Stiùireadh Oifis a' Chaibineit air Còdan Cleachdaidh do Bhuidhnean Poblach. Tha Oifis Chorporra a' Bhùird aig Darach, Pàirc Ghniomhachais Fèith nan Clach, Inbhir Nis, IV2 7PA.

MODHAN STRÌ EADAR COM-PÀIRTEAN

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh modhan teann agus farsaing airson dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean. Tha clàr chom-pàirtean, a' gabhail a-steach buill agus luchd-obrach a' Bhùird, air a chumail agus air ùrachadh uair sa bhliadhna air a' char as lugha. Faodaidh duine sam bith a tha ag iarraidh na clàran a sgrùdadh.

Aig coinneamhan a' Bhùird, feumar foillseachaidhean com-pàirt ainmeachadh aig toiseach na coinneimh. Ma tha com-pàirt aig ball den Bhòrd no ball den luchd-obrach ann an cùis sam bith, feumaidh iad an com-pàirt sin fhoillseachadh agus a' choinneamh fhàgail, agus às dèidh sin gun pàirt sam bith a ghabhail ann am beachdachadh sam bith mun chùis sin. Tha na foillseachaidhean sin air an clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh.

BUILL A' BHÙIRD

Thug Mata Macdomhair suas a dhreuchd mar Chathraiche air 30 Ògmhios 2008.



Art MacCarmraig

(Cathraiche Eadar-amail
bho 1 Iuchair 2008,
Cathraiche bho 1 Màrt
2009)



Mata MacÌomhair

(Cathraiche gu 30
Ògmhios 2008)



Rob Dunbar



Mìcheal Foxley



Iain A MacAoidh



Alasdair Macleòid




Faye NicLeòid

(dh'fhàg 7 Gearran 2009)



Anna NicSuain



Cairistiona Allon



Alexandra Jones



**Coinneach
MacFhionghain**



**Murchadh
MacIllinnein**

An Comataidh Sgrùdaidh



Faye NicLeòid
(gu 7 Gearran 2009)



Anna NicSuain
(gu 27 Faoilleach 2009)



Art MacCarmraig
(gu 30 Ògmhios 2008)



Cairistiona Allon



**Murchadh
MacIllinnein**
(air fhadadh 3 Sultain
2008)



Alasdair MacLeòid
(air fhadadh 27
Faoilleach 2009)

Fo-Chomataidh Pàighidh



Iain A MacAoidh



Rob Dunbar



Micheal Foxley

SGIOBA STIÙIRIDH 2008-09

Thug Coinneach A Moireach suas a dhreuchd mar Cheannard air 1 Lùnastal 2008.



**Rosemary
Nic a' Bhàird**

(Ceannard an Gniomh)
(bho 4 Lùnastal 2008 gu
24 Ògmhios 2009)



**Coinneach
A Moireach**

(Ceannard)
(gu 1 Lùnastal 2008)



**Dòmhnall
Moireasdan**

(Manaidsear Leasachaidh)



Peadar Morgan

(Manaidsear Planaidh
Cànain)



Ailig Greumach

(Manaidsear Ionmhais
& Rianachd)

COMATAIDHEAN A' BHÙIRD

Tha am Bòrd a' coinneachadh gu cunbhalach tron bhliadhna agus tha e air a dhèanamh suas de Chathraiche agus suas gu 11 buill eile. Tha buill a' Bhùird air am fastadh le Ministearan na h-Alba. 'S e trì bliadhna an teirm dreuchd àbhaisteach airson ball neo-oifigeil den Bhòrd ged a dh'fhaodar ùine dhreuchdan atharrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd ann am ballrachd a' Bhùird. Anns a' Mhàirt 2009 bha an Cathraiche air fhadadh airson ceithir bliadhna a' tighinn gu ceann air 1 Màirt 2013.

Tha am Bòrd air poileasaidh Ùghdarras Ionmhasail Tiomnaichte aontachadh a tha a' cur riathanas air oifigearan aonta a shireadh airson cùisean / duaisean nach eil an taobh a-staigh nan cumhachdan tiomnaichte a tha aig a' Cheannard.

Tha Comataidh Sgrùdaidh aig a' Bhòrd a tha a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna. Tha e air a dhèanamh suas de thriùir bhall den Bhòrd agus bha Faye NicLeòid sa chathair gu 27 Faoilleach 2009. Tha Murchadh MacIllinnein air a bhith sa chathair on cheann-latha sin. Bidh na

h-às-sgrùdaichean agus na h-in-sgrùdaichean an làthair aig a h-uile coinneamh. Tha cothrom air a thoirt do na h-às-sgrùdaichean agus na h-in-sgrùdaichean bruidhinn ann an dìomhaireachd ri buill na Comataidh. 'S e rùn na Comataidh Sgrùdaidh measadh agus sgrùdadh a dhèanamh air cunnart, smachd agus riaghladh corporra. Tha iad ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus a' toirt cunntas don Bhòrd.

Tha Fo-chomataidh Ionmhais, Poileasaidh agus Tuarastail aig a' Bhòrd, a tha air a dhèanamh suas de thriùir de bhuill a' Bhùird agus 's e Iain A MacAoidh an cathraiche. Bidh e a' coinneachadh a rèir mar a cho-dhùineas an Cathraiche aige agus tha coinneamhan air an suidheachadh gus an cur iad ri clàran-ama obrachaidh Bòrd na Gàidhlig. Thathar ag iarraidh air buill de luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig a bhith an làthair aig coinneamhan ma bhithear a' beachdachadh air nithean a tha gu sònraichte iomchaidh. 'S e rùn na Comataidh comhairle a thoirt don Bhòrd air cùisean a bhuineas do dh'ionmhas, poileasaidh, agus tuarastal luchd-obrach.

AITHISG TUARASTAIL

Neo-sgrùdaichte

'S e Iain A MacAoidh cathraiche na Fo-chomataidh Tuarastail. 'S iad Buill na comataidh Rob Dunbar agus Micheal Foxley.

Tha am Fo-chomataidh Tuarastail ag aontachadh meudachadh ann an tuarastal a' Cheannaird a rèir Buidheann Sgrùdaidh Thuarastalan Àrd-luchd-stiùiridh. Tha e cuideachd a' suidheachadh pàigheadh coileanaidh a' Cheannaird agus an àrd-sgioba-stiùiridh. Cha deach duaisean coileanaidh a thoirt seachad ann an 2008-09 a chionn 's nach eil sgeama sam bith air a stèidheachadh aig an àm seo.

Aig an àm seo tha luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig pàighte a rèir phuingean sonraichte a tha air an suidheachadh nuair a tha iad air an cur an dreuchd. Tha Bòrd na Gàidhlig air moladh a thaobh ath-structaradh a chur gun roinn urrasachd a tha a' gabhail a-steach sgeama pàighidh a rèir coileanaidh, agus thathar a' feitheamh ri co-dhùnadh air a' mholadh seo aig an àm làthaireach.

Sgrùdaichte

Chaidh Art MacCarraig a chur an dreuchd mar Chathraiche Eadar-amail bho 1 Iuchair 2008 agus a dhaingneachadh mar Chathraiche bho 1 Màirt 2009.

Tuarastal Buill a' Bhùird	2009 Iomlan £000	2008 Iomlan £000
Tuarastal/ Cisean:		
Cathraiche – A MacCarraig (bho 1 Iuchair 2008)	14	-
Cathraiche – M MacIomhair (gu 30 Ògmhios 2008)	3	12
Buill eile	63	49
	80	61

Buill a' Bhùird	2009 £	2008 £
Art MacCarraig (gu 30 Ògmhios 2008)	1,550	6,200
Rob Dunbar	6,200	6,200
Micheal Foxley	6,200	6,200
Iain A MacAoidh	6,200	6,200
Alasdair MacLeòid	6,200	6,200
Faye NicLeòid (gu 7 Gearran 2009)	5,405	6,200
Anna NicSuain	6,200	6,200
Cairistiona Allon	6,200	1,486
Alexandra Jones	6,200	1,486
Coinneach MacFhionghain	6,200	1,486
Murchadh MacIlinnein	6,200	1,486
	62,755	49,344

Chaill eil peinnsean co-cheangailte ri dreuchdan Buill a' Bhùird.

Tuarastal Cathraiche agus Ceannard

	2009 Salary £000	2009 Benefits in Kind £000	2008 Salary £000	2008 Benefits in Kind £000
Cathraiche				
A MacCarraig (1 Iuchair 2008 gu 31 Màirt 2009)	10-15	-	-	-
M MacÌomhair (1 Giblean 2008 gu 30 Ògmhios 2008)	0-5	-	10-15	0
Ceannard				
Rosemary Nic a' Bhàird (Ceannard an Gnìomh - air aghaidh bho 4 Lùnastal 2008)	35 - 40 (55 – 60 co-ionnan ri bliadhna shlàn)	-	-	-
Coinneach A Moireach (gu 1 Lùnastal 2008)	60 – 65	-	35 - 40 (60 – 65 co-ionnan ri bliadhna shlàn)	-

Tha an Ceannard na ball choitcheann de Sgeama Peinnein Chomhairle na Gàidhealtachd agus phàigh Bòrd na Gàidhlig cuibhreann peinnein an fhastaiche aig an aon ìre 's a tha e a' pàigheadh do bhuill com-pàirteachaidh eile.

Còraichean peinnein a' Cheannaird agus Buill a' Bhùird

Tha FRem airson gum bi fiosrachaidh mu chòraichean peinnein a' Cheannaird air a nochdadh. Tha am fiosrachadh seo a thaobh Rosemary Nic a' Bhàird mar a leanas:

	Peinnean iomlan tàrmaichte aig aois 65 agus cnap airgid co-cheangailte aig 31 Màirt 2009 £000	CETV aig 31 Màirt 2009 £000	CETV aig 31 Màirt 2008 £000
Rosemary Nic a' Bhàird (Ceannard an Gnìomh - air aghaidh bho 4 Lùnastal 2008)	15 – 20 agus cnap airgid de 5 - 10	24	12

Cha robh am fiosrachadh co-cheangailte ris an fhìor mheudachadh ann an CETV ri fhaotainn. Chan eil còir sam bith aig Buill a' Bhùird air peinnean. Aontaichte leis a' Bhòrd air 23 Ògmhios 2009. Ann an ainm-sgrìobhte às leth a' Bhùird.

Rosemary Nic a' Bhàird
Ceannard an Gnìomh



AITHRIS AIR DLEASTANASAN AN OIFIGEIR CHUNNTACHAIL

Fo Earrann 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, feumaidh Bòrd na Gàidhlig aithrisean ionmhais a dheasachadh airson gach bliadhna ionmhais anns a' chruth agus air an stèidh a cho-dhùineas Ministearan na h-Alba. Tha na h-aithrisean ionmhais air an deasachadh air stèidh chosgaisean tàrmaichte agus feumaidh iad sealladh fìor agus cothromach a thoirt air cor Bhòrd na Gàidhlig aig deireadh na bliadhna ionmhais agus air an teachd-a-steach agus caiteachas, làn bhuannachd is call aithnichte agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais.

Ann an deasachadh nan aithrisean ionmhais, feumaidh an t-Oifigear Cunntachail cumail ri riathanasan lùl Aithris Ionmhasail an Riaghaltais agus gu sònraichte:

- ▷ Aire a thoirt don stiùireadh air aithrisean ionmhais air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba, a' gabhail a-steach nan riathanasan cunntasachd agus nochdadh fiosrachaidh iomchaidh, agus poileasaidhean cunntasachd freagarrach a chleachdadh gu cunbhalach;
- ▷ Breith agus measadh a dhèanamh air stèidh reusanta;

- ▷ Ainmeachadh a bheilear air ìrean cunntasachd iomchaidh a leantainn mar a tha air a mhìneachadh ann an lùl Aithris Ionmhasail an Riaghaltais, agus seachnadh brioghmhor sam bith a nochdadh agus a mhìneachadh anns na h-aithrisean ionmhais; agus
- ▷ Na h-aithrisean ionmhais a dheasachadh air stèidh gnothaich shoirbheachail.

Tha e an urra ris a' Bhòrd cuideachd ceumannan reusanta a ghabhail gus maoin a' Bhùird a dhìon agus gus foill agus neo-riaghailteachd eile a chasg agus a lorg.

Dh'ainmich an t-Oifigear Cunntachail air Buidheann-stiùiridh na Roinn Eòrpa, Chùisean Taobh a-muigh agus a' Chultair aig Riaghaltas na h-Alba Ceannard Bhòrd na Gàidhlig mar Oifigear Cunntachail a' Bhùird.

Tha dleastanasan buntainneach a' Cheannaird mar Oifigear Cunntachail a' Bhùird air am mìneachadh anns a' Mheòmrachan gu Oifigearan Cunntachail air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba. Tha an t-Oifigear Cunntachail an urra ri freagarrachd agus riaghailteachd a' mhaoin phoblaich airson a bheil iad cunntachail, airson clàran ceart a chumail agus airson maoin a' Bhùird a dhìon.

Rosemary Nic a' Bhàird
Ceannard an Gníomh



AITHRIS AIR IN-SMACHD

Raon Dleastanais

Mar Oifigear Cunntachail, tha e mar dhleastanas orm siostam fallain in-smachd a ghleidheadh a tha a' toirt taic do choileanadh poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe a' bhuidhinn, a tha stèidhichte le Ministearan na h-Alba, aig an aon àm maoin agus stòras a' phobail a dhion mar uallach pearsanta, a rèir nan uallaichean a tha air an cur às mo leth.

Leig an t-Oifigear Cunntachail a bha ann roimhe dheth a dhreuchd air 1 Lùnastal 2008. Thòisich mise anns an dreuchd mar Oifigear Cunntachail air 24 Sultain 2008.

Tha Leabhar-làimhe Ionmhais Phoblaich an Alba (SPFM) air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba agus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean iomchaidh eile mu làimhseachadh dòigheil air maoin poblach. Tha e gu mòr air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun cumar ri riatanasan reachdail agus Pàrlamaid, gus luach airson airgid agus ìrean àrda de fhreagarrachd adhartachadh, agus gus cunntachalachd èifeachdach agus deagh shiostaman in-smachd a bhuannachd.

Rùn an t-siostam in-smachd

Tha an siostam in-smachd air a dhealbh airson rian a chumail air a' chunnart gu ìre reusanta seach cur às do gach cunnart nach coileanar poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe; mar sin chan urrainn dha toirt ach urras reusanta agus chan e làn-chinnt air èifeachdas.

Bha an siostam in-smachd a bha an sàs rè na bliadhna sa mhòr-chuid stèidhichte air siostam a' bhuidhinn a bha ann roimhe, agus bha e dealbhte gus na prìomh chunnartan a chomharrachadh a thaobh poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe a' bhuidhinn a choileanadh; luachadh air dè cho buailteach 's a tha na cunnartan sin tachairt agus a' bhuidhinn a bhiodh aca nan tachradh iad; agus an riaghladh le comas, èifeachd agus caomhnadh.

Tha an siostam in-smachd air a bhith an sàs airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2009, agus suas gu ceann-latha aontachaidh na h-aithisg bhliadhnail agus cunntasan, agus a rèir stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba.

An siostam cunnairt agus smachd

Feumaidh a h-uile buidheann a tha fo smachd iartasan SPFM ro-innleachd rianachd cunnairt obrachadh a rèir stiùireadh iomchaidh air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba. Chaidh

Ro-innleachd Rianachd Cunnairt, Clàr Rianachd Cunnairt agus Clàr Cunnart IT, a dheasachadh agus aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh agus leis a' Bhòrd.

Tha modh obrachaidh Stiùireadh Cunnairt air a mhineachadh gu h-àrd. Gus cunnartan sònraichte, planaichean gnìomha, clàran-ama agus tha luchd-stiùiridh cunntachail ag aontachadh. Tha Clàran Cunnairt, a' gabhail a-steach planaichean gnìomha, air an cumail suas agus air an sgrùdadh gu cunbhalach. Tha buileachadh phlanaichean gnìomha gus cunnart a làimhseachadh air aithris gu cunbhalach don Chomataidh Sgrùdaidh. Tha earrann air Cunnartan air a ghabhail a-steach ann am planaichean agus molaidhean sònraichte a tha air an cur a-steach chun a' Bhùird airson co-dhùnadh / aonta.

Bha Ro-Innleachd Stiùireadh Cunnairt, Clàr Stiùireadh Cunnairt agus Clàr Cunnairt Teicneòlas Fiosrachaidh air an aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh agus am Bòrd ann an 2007/08 agus chaidh an ath-bhreithneachadh, an ath-ùrachadh agus an aontachadh ann an 2008/09.

Tha am Bòrd dealasach a thaobh leasachadh leantainneach den chleachdadh as fheàrr ann am fiosrachadh stiùireadh cunnairt a rèir stiùireadh èiginn. Tha Clàr Cunnairt Teicneòlas Fiosrachaidh sònraichte againn a tha a' gabhail a-steach planaichean gnìomha gus dèiligeadh le cunnart. Ghabhadh ath-bhreithneachadh os laimh air Tèarainteachd Teicneòlas Fiosrachaidh a' gabhail a-steach Làimhseachadh Dàta, tràth ann an 2008 agus chaidh leasachaidhean a dhèanamh. Cumaidh sinn air aghaidh a' sgrùdadh chunnartan fiosrachaidh is stiùiridh agus tha tuilleadh leasachaidh san amharc.

Tha obair an in-sgrùdaidh mar phàirt choileanta den t-siostam in-smachd. Chaidh an cùmhnant airson solar seirbheis in-sgrùdaidh don bhliadhna ionmhasail 2008-09 a bhuileachadh air TirArd MacKenzie. Ghabh TirArd MacKenzie obair os làimh stèidhiche air mion-sgrùdadh den chunnart don robh am Bòrd fosgailte. Thugadh aithrisean gu buil a bha a' còmhdach Smachdan Teicneòlas Fiosrachaidh a' Bhùird, Smachdan Ionmhasail, Ceannach, Buileachadh Dhuaisean, Sgrùdadh Coileanadh Chom-pàirtichean, ath-bhreithneachaidhean air Riaghladh & Dearbhachd Corporra agus ath-bhreithneachaidhean bhon taobh a-muigh air buidhnean com-pàirteachais.

Tha iad sin a' gabhail a-steach beachd air iomchaidheachd agus èifeachdas siostam na h-in-smachd, còmhla ri molaidhean airson leasachaidhean a tha air an cur an gnìomh leis an sgioba stiùiridh.

Sgrùdadh air èifeachdas

Mar an t-Oifigear Cunntachail, tha e mar dhleastanas orm sgrùdadh a dhèanamh air èifeachdas an t-siostam in-smachd. Tha mo sgrùdadh air èifeachdas an t-siostam in-smachd air fhiosrachadh le:

- ▷ na Stiùirichean taobh a-staigh a' bhuidhinn, air a bheil uallach airson leasachadh agus gleidheadh an t-siostam in-smachd;
- ▷ obair nan in-sgrùdaichean, a tha a' cur a-steach aithrisean gu cunbhalach gu Comataidh Sgrùdaidh a' Bhùird. (Tha seo a' gabhail a-steach am barail neo-eisimeileach agus cothromach air iomchaidheachd agus èifeachdas shiostaman in-smachd a' Bhùird agus cuideachd molaidhean leasachaidh); agus
- ▷ iomraidhean bho na h-às-sgrùdaichean nan litrichean stiùiridh agus aithisgean eile.

Tha am Bòrd dealasach a thaobh modh-obrach de leasachadh leantainneach, le bhith a' cruthachadh shiostaman mu choinneamh nan ath-bhreithneachaidhean agus nan leasachaidhean buntainneach anns na cleachdaidhean as fheàrr san raon seo. Gu h-àraid, tha sinn air togail air na toraidhean bhon obair rianachd cunnairt a chaidh a choileanadh ann an 2007/08 gus:

- ▷ prionnsapalan Rianachd Cunnairt a chur an sàs mar phàirt den rianachd gnàthach;
- ▷ an Ro-innleachd Rianachd Cunnairt ath-ùrachadh;
- ▷ trèanadh mothachadh air cunnart a ghabhail os làimh, a' gabhail a-steach com-pàirteachadh le buidhnean com-pàirt;
- ▷ aithisgean cunbhalach a thaobh in-smachd fhaighinn bho Chathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh a' bhuidhinn, don Bhòrd;
- ▷ siostaman a chur air dòigh a bhios a' fillleadh a-steach rianachd cunnairt ann an tabhartasan maoineachaidh a' Bhùird agus sa phròiseas dealbhaidh corporra aige;

Rè na bliadhna chaidh na pàipearan a leanas fhoirmeileachadh agus aontachadh leis a' Bhòrd:


- ▷ Clàr Rianachd Cunnairt ath-ùraichte
- ▷ Clàr Ùghdarrais Ionmhasail Tiomnaichte
- ▷ Modhan Buileachaidh Thabhartasan agus Modhan Rianachd - atharrachaidhean
- ▷ Poileasaidhean agus Modhan Riaghailtean Ionmhasail - atharrachaidhean

Nì am Bòrd sgrùdadh air an t-siostam in-smachd gus dèanamh cinnteach gun cùm seo a' toirt dearbhachd air a dhleastanasan a thaobh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha an dreuchd in-sgrùdaidh na phàirt riatanach den t-siostam in-smachd. Bha an cùmhnant solarachaidh seirbheis in-smachd airson na bliadhna ionmhais air a thoirt do TirArd MacKenzie san Lùnastal 2008. Rinn TirArd MacKenzie obair stèidhichte air mion-sgrùdadh den chunnart don robh am Bòrd fosgailte. Chaidh aithisgean ullachadh a ghabh a-steach Tabhartasan, Sgrùdadh air Coileanadh Chom-pàirtichean, Smachdan Tèarainteachd IT & Post-d, agus Dealbhadh Leantainneachd Gnìomhachais a' Bhùird. Tha iad sin a' gabhail a-steach barail mu iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostam in-smachd, còmhla ri molaidhean airson leasachadh.

Chaidh ath-bhreithneach cudromach den Luach as Fheàrr ann an Stiùireadh Ionmhais a chur an gnìomh le In-Smachd, stèidhichte air uidheam sgrùdaidh an Luach as Fheàrr aig Sgrùdadh Alba. Cho-dhùin an aithisg gun deach leasachaidhean sònraichte a choileanadh rè na bliadhna 2008-09 ann an ionmhas obrachaidh, gu h-àraid ann an raointean aithisgean in-ionmhais chun a' Bhùird, mion-sgrùdaidhean buidseit, agus leasachadh riaghailtean ionmhasail, poileasaidhean agus modhan obrach. Tha oidhirp sònraichte ga dhèanamh aig gach ìre gus iad sin a chumail seasmhach air bunait leantainneach.

Rosemary Nic a' Bhàird
Ceannard an Gniomh



Aithisg an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach gu buill Bhòrd na Gàidhlig, Àrd Neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba

Tha mi air aithrisean ionmhais Bhòrd na Gàidhlig airson na bliadhna gu 31 Màrt 2009 a sgrùdadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha iad sin a' gabhail a-steach an Aithris air Cosgais Obrachaidh agus Aithris air Làn Bhuannachd is Call Aithnichte, an Cunntas Cothromachaidh, an Aithris Sruth Airgid agus na notaichean co-cheangailte riutha. Dh'ullaicheadh na cunntasan ionmhasail seo fo na poileasaidhean cunntasachd a tha suidhichte an sin. Rinn mi sgrùdadh cuideachd air an fhiosrachadh anns an Aithisg Tuarastail a tha air an comharrachadh sgrùdaichte anns an aithisg sin.

Tha an aithisg seo air a dèanamh a-mhàin do na buidhnean ris a bheil i a' dèiligeadh a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus Cunntalachd (Alba) 2000 agus chan ann dha adhbhar sam bith eile. Ann an co-rèir ri paragraf 123 den Chòd Cleachdadh Sgrùdaidh air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan eil mi a' gabhail orm dleatanais do bhuill no oifigearan, nan dreuchdan fa leth, no do threas pàrtaidhean.

Dleastanasan fa leth a' Bhùird, an Oifigeir Chunntachail agus an neach-sgrùdaidh

Tha dleastanasan air a' Bhòrd agus air an Oifigeir Chunntachail an Aithisg Bhliadhnail, anns a bheil an Aithisg air Tuarastal, agus na h-aithrisean ionmhais a dheasachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh a dhèanamh fon Achd le Ministearan na h-Alba. Tha an t-Oifigeir Chunntachail cuideachd an urra ri dèanamh cinnteach à riaghailteachd cosgais agus teachd-a-steach. Tha na dleastanasan sin air am mìneachadh anns an Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail.

'S e mo dhleastanas sgrùdadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastail a tha ri sgrùdadh a rèir riatanais buntainneach laghail agus riaghailteach agus Ìrean Eadar-nàiseanta Sgrùdaidh (An Rìoghachd Aonaichte agus Èirinn) mar a tha air iarraidh leis a' Chòd Cleachdadh Sgrùdaidh air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba.

Tha mi ag aithris dhuibh mo bheachd co-dhiù tha na h-aithrisean ionmhais a' toirt sealladh fìor agus cothromach agus co-dhiù tha na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh air an deasachadh ceart a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh

air a dhèanamh a rèir na h-Achd le Ministearan na h-Alba. Tha mi cuideachd ag aithris dhuibh co-dhiù, nam bheachd-sa, a bheil am fiosrachadh a tha a' dèanamh suas Aithisg Buill a' Bhùird, Cùl-fhiosrachadh Reachdail, Prìomh Thachartasan, Coileanadh Ionmhasail, Seilbh Calpa sa Bhliadhna, Gibhtean agus Tìodhlacan Carthannais, Call, Pàighidhean Sònraichte agus Dubhadh Às, Poileasaidh Pàigheadh Sholaraichean, Aonad Airgid na h-Eòrpa, Suidheachadh Luchd-sgrùdaidh, Riaghladh Corporra, Modhan Strì eadar Com-pàirtean, Buill a' Bhùird, An Sgioba Stiùiridh, agus Comataidhean a' Bhùird a tha air a ghabhail a-steach san Aithisg Bhliadhnail, a rèir nan aithrisean ionmhais. Tha mi cuideachd ag aithris dhuibh co-dhiù an robh a' chosgais agus teachd-a-steach nochdte anns na h-aithrisean ionmhais buailteach no cleachdte anns a h-uile dòigh sheaghail a rèir òrdaghadh agus stiùireadh sam bith air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba.

Tha mi cuideachd ag aithris dhuibh mura bheil, nam bheachd-sa, am buidheann air aithrisean cunntasachd ceart a chumail, mura bheil mi air làn fhiosrachadh agus mìneachadh riatanach fhaighinn airson mo sgrùdadh, no mura bheil fiosrachadh sònraichte air a nochdadh le ùghdarrasan iomchaidh a thaobh tuarastail agus ghnòthaichean eile.

Tha mi a' sgrùdadh co-dhiù tha an Aithris air In-smachd a' comharrachadh co-aontachadh a' bhuidhinn ris an stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba, agus tha mi ag innse mura bheil, nam bheachd-sa, an Aithris a' co-aontachadh ris an stiùireadh. Chan eil e riatanach dhomh beachdachadh air co-dhiù a bheil an aithris a' còmhdach gach cunnart agus smachd, no barail a thoirt air èifeachdas mhodhan riaghlaidh corporra a' bhuidhinn no a mhodhan cunnairt agus smachd.

Tha mi a' leughadh an fhiosrachaidh eile anns an Aithisg Bhliadhnail agus a' beachdachadh co-dhiù a bheil e a' co-aontachadh ri na h-aithrisean ionmhais a chaidh an sgrùdadh. Tha am fiosrachadh eile seo a' gabhail a-steach a-mhàin am pàirt den Aithisg air Tuarastal nach deach a sgrùdadh. Tha mi a' toirt aire don bhuil air m' aithisg-sa ma dh'fhàsas mi mothachail air mì-aithris no neo-chunbhalachd susbainteach sam bith a bhuineas do na h-aithrisean ionmhais. Chan eil mo dhleastanasan-sa a' buntainn ri fiosrachadh sam bith eile.

Stèidh beachd an sgrùdaidh

Rinn mi mo sgrùdadh a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus Cunntachalachd (Alba) 2000 agus Ìrean Eadar-nàiseanta Sgrùdaidh (An Rìoghachd Aonaichte agus Èirinn) a libhrigeadh le Bòrd Cleachdadh Sgrùdaidh mar a tha air iarraidh leis a' Chòd Cleachdadh Sgrùdaidh air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Tha mo sgrùdadh a' gabhail a-steach rannsachadh, air stèidh deuchainn, air fianais a' buntainn ri suimean, foillseachaidhean agus riaghailteachd cosgais agus teachd-a-steach anns na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach measadh air na tuairmsean seaghail agus air beachdan a' Bhùird agus an Oifigeir Chunntachail ann an deasachadh nan aithrisean ionmhais, agus co-dhiù tha na poileasaidhean cunntasachd freagarrach air suidheachadh a' bhuidhinn, air an cleachdadh gu seasmhach agus air am foillseachadh gu h-iomchaidh.

Dhealbh agus choilean mi mo sgrùdadh airson làn fhiosrachadh agus mineachadh fhaighinn a mheas mi deatamach gus fianais riarachail a thoirt dhomh airson cinnt reusanta gu bheil na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh saor bho mhi-aithris shusbainteach, co-dhiù tha sin ag èirigh à foill no mearachd, agus an robh gach cosgais agus teachd-a-steach nochdte anns na h-aithrisean ionmhais buailteach no cleachdte a rèir òrdaghachd iomchaidh agus stiùireadh sam bith air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba. Ann an tighinn gu mo bheachd thomhais sinn cuideachd foghnadh iomlan taisbeanadh an fhiosrachaidh anns na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh.

Beachd

Aithrisean ionmhais

Nam bheachd-sa

- ▷ tha na h-aithrisean ionmhais a' toirt sealladh fìor agus cothromach, a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh air a dhèanamh fon Achd le Ministearan na h-Alba, air cor Bòrd na Gàidhlig air 31 Màrt 2009 agus air a' chosgais obrachaidh lom, buannachd agus call aithnichte agus sruthan airgid airson na bliadhna suas chun a' chinn-là sin;
- ▷ tha na h-aithrisean ionmhais agus am pàirt den Aithisg air Tuarastal a tha ri sgrùdadh air an deasachadh ceart a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùireadh sam bith air a dhèanamh fon Achd le Ministearan na h-Alba; agus
- ▷ tha fiosrachadh a tha a' dèanamh suas a-mhàin Aithisg Luchd-stiùiridh, Cùl-fhiosrachadh Reachdail, Prìomh Thachartasan, Coileanadh Ionmhasail, Seilbh Calpa sa Bhliadhna, Tiodhlacan is Tabhartasan Carthannais, Call, Pàighidhean Sònraichte agus Dubhadh Às, Poileasaidh Pàigheadh Sholaraidhean, Aonad Airgid na h-Eòrpa, Fastadh Luchd-sgrùdaidh, Riaghladh Corporra, Modhan Strì eadar Com-pàirtean, Buill a' Bhùird, An Sgioba Stiùiridh agus Comataidhean a' Bhùird, a tha air a ghabhail a-steach san Aithisg Bhliadhnail a rèir nan aithrisean ionmhais.

Riaghailteachd

Nam bheachd-sa anns a h-uile dòigh sheaghail bha a' chosgais agus teachd-a-steach nochdte anns na h-aithrisean ionmhais buailteach no cleachdte a rèir òrdaghachd iomchaidh agus stiùireadh sam bith air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba.

Ainm-sgrìobhte:



Ceann-latha: 25mh Òg-mhios

Steafan O Hagan
Sgrùdadh Alba
7mh Ùrlar
Tùr a' Phlàsa
Cille-Brìghde an Ear
G74 1LW

Aithris Cosgais Obrachaidh don Deireadh Bliadhna 31 Màrt 2009

	Nota	2009 £	2008 £
Teachd-a-steach			
Teachd-a-steach eile	3	1,310	1,306
		1,310	1,306
Caiteachas			
Cosgaisean Buill a' Bhùird agus Luchd-obrach	4	504,167	432,854
